This is a digital copy of a book that was preserved for generations on library shelves before it was carefully scanned by Google as part of a project to make the world's books discoverable online.

It has survived long enough for the copyright to expire and the book to enter the public domain. A public domain book is one that was never subject to copyright or whose legal copyright term has expired. Whether a book is in the public domain may vary country to country. Public domain books are our gateways to the past, representing a wealth of history, culture and knowledge that's often difficult to discover.

Marks, notations and other marginalia present in the original volume will appear in this file - a reminder of this book's long journey from the publisher to a library and finally to you.

Usage guidelines

Google is proud to partner with libraries to digitize public domain materials and make them widely accessible. Public domain books belong to the public and we are merely their custodians. Nevertheless, this work is expensive, so in order to keep providing this resource, we have taken steps to prevent abuse by commercial parties, including placing technical restrictions on automated querying.

We also ask that you:

+ *Make non-commercial use of the files* We designed Google Book Search for use by individuals, and we request that you use these files for personal, non-commercial purposes.

+ *Refrain from automated querying* Do not send automated queries of any sort to Google's system: If you are conducting research on machine translation, optical character recognition or other areas where access to a large amount of text is helpful, please contact us. We encourage the use of public domain materials for these purposes and may be able to help.

+ *Maintain attribution* The Google "watermark" you see on each file is essential for informing people about this project and helping them find additional materials through Google Book Search. Please do not remove it.

+ *Keep it legal* Whatever your use, remember that you are responsible for ensuring that what you are doing is legal. Do not assume that just because we believe a book is in the public domain for users in the United States, that the work is also in the public domain for users in other countries. Whether a book is still in copyright varies from country to country, and we can't offer guidance on whether any specific use of any specific book is allowed. Please do not assume that a book's appearance in Google Book Search means it can be used in any manner anywhere in the world. Copyright infringement liability can be quite severe.

About Google Book Search

Google's mission is to organize the world's information and to make it universally accessible and useful. Google Book Search helps readers discover the world's books while helping authors and publishers reach new audiences. You can search through the full text of this book on the web at `http://books.google.com/`

600019335R

130.

No. 1. Price 1s

MINEACHADH

AIR AN

TIOMNADH NUADH.

AIR

EADAR-THEANGACHADH O BHARNES, SCOTT, AGUS HENRI,

GU GAELIC;

LE

CALLUM MAC AN T-SAOIR,

O SGIREACHD SGIOBNAISH, AGUS SEARMONAICH' AN T-SOISGEIL, AM BAILE PHAISLIG.

PAISLEY:—PUBLISHED BY THE AUTHOR;

AND SOLD BY ALL BOOKSELLERS.

WILLIAM WILSON, PRINTER, PAISLEY.

1016

MINEACHADH

AIR AN

TIOMNADH NUADH,

AIR

EADAR-THEANGACHADH O BHARNES, SCOTT, AGUS HENRI,

GU GAELIC;

LE

CALUM MAC AN T-SAOIR,

O SGIREACHD SGIOBNAISH AGUS SEARMONAICHE AN T-SOISGEIL, AM BAILE PHAISLIG.

PAISLEY:—PUBLISHED BY THE AUTHOR;

AND SOLD BY ALL BOOKSELLERS.

MDCCCXLVIII.

WILLIAM WILSON, PRINTER, PAISLEY

BODLEIAN
21·10·1895
LIBRARY

CLÀR-CUIMHNE AIRSON CUR SIOS
AOIS AN TEAGHLAICH.

ROIMH-RADH.

Bha e aig an Ughdar 'na bheachd, o chionn fhada, mìneachadh a chur a mach air an Tiomnadh Nuadh; agus air son an aobhair so, dh'eadar-theangaich e a' chuid bu mhò do Scott; ach an déigh dha so a dheanamh, smuainich e gu'm b'fhearr dha am mìneachadh bu fhreagarraiche a thoirt o Bharnes, Scott, agus Henri, agus a chur ann an Gàelic. Rinn e so a nis, agus tha e ri 'fhaicinn ciod an còmhnadh a gheibh e o na Gàeil. Cha bhi an Leabhar ach saor: bu chòir dha le ceartas a bhi dùblachadh na prìs; ach 's e ar miann an leabhar a chur a mach cho saor a's a tha 'nar comas: chum 's gu ruig bochd a's beartach air. Tha sinn an dòchas gu'n ceasnaich ar Luchd Dùthcha e, a chum 's gu'n toir iad féin breith air airidheachd an Leabhair. Cha robh aon riamh roimhe sa' chànain, agus is dòcha nach bi aon ann 'na dhéigh. Ma 's e 's gu bheil sibh a' cunntas gu'm bi e 'na aobhar maith a dheanamh, tha mi an dòchas gu'n toir sibh dha gach cul-taic a tha 'nar comas; agus ged nach dean sibh féin maith dheth, theagamh gu'n dean 'ur sliochd 'nar déigh. Chaidh beagan air-gid fhàgail aig an Ughdar; agus tha e dol a chur a' sgillinn mu dheireadh a tha aige san t-saoghal ann. Cha'n'eil Gàel sam bith nach faic, 'nuair a leughas e an Leabhar, gu bheil a' Ghàelic a tha ann air a sgrìobhadh a's air a cur an òrduigh gu h-abalta. Tha na sgoilearan Gàelic is fearr air an t-saoghal ag amharc thairis air an obair, eadhon an duine ainmeil sin, Lachlan Mac 'Illeathain, Ughdar "Eachdraidh na Gàelic;" mar an ceudna Donnchadh Mac Bheathain, esan a tha ag amharc thairis air an "Fhianuis;" agus Tearlach Mac Gillebhràigh, an Lighiche. Cluinnear an ùine ghoirid ciod a' meas a bhios air ann an Dùthaich Nam Beann. Cha chosd e mòran air fad: cha 'n'eil dùil agam gu'n tig e os ceann cuig n'a sè deug do thasdain; agus cha bhi sin féin ach g'a phàidheadh, na h-uiread a h-uile mìos: air chor 's gu'm feud gach neach ruigheachd air. 'S e ar guidhe is dùrachdaiche ri Dia, gu'n lean se e, le a bheannachd; agus gu'm bi e 'na mheadhon gu tuilleadh do sholus air nithe spioradail a thoirt seachad do na Gàeil, na leabhar sam bith a bha riamh air eadar-theangachadh 'nan cànain roimhe so.

C. M. T.

Paisley, Mios deireannach an Fhogharaidh, 1848.

LEABHRAICHEAN

AN

TIOMNAIDH NUAIDH.

	Caib.
SOISGEUL MHATA, ANNS AM BHEIL	28
SOISGEUL MHARCUIS	16
SOISGEUL LUCAIS	24
SOISGEUL EOIN	21
GNIOMHARA NAN ABSTOL	28
LITIR PHOIL CHUM NAN ROMHANACH	16
1 CORINTIANACH	16
2 CORINTIANACH	13
GALATIANACH	6
EPHESIANACH	6
PHILIPIANACH	4
COLOSIANACH	4
1 LITIR PHOIL CHUM NAN TESALONIANACH	5
2 TESALONIANACH	3
1 TIMOTEUIS	6
2 TIMOTEUIS	4
TITUIS	3
PHILEMOIN	1
EABHRUIDHEACH	13
LITIR SHEUMAIS	5
LITIR 1 PHEADAIR	5
LITIR 2 PHEADAIR	3
LITIR 1 EOIN	5
LITIR 2 EOIN	1
LITIR 3 EOIN	1
LITIR IUDAIS	1
TAISBEANADH EOIN	22

AN SOISGEUL A REIR MHATA.

CAIB. I.

LEABHAR ginealaich[a] Iosa Criosd,[b] mhic Dhaibhidh, mhic[c] Abrahaim.

2 Ghin Abraham[d] Isaac, agus ghin[e] Isaac Iacob, agus ghin Iacob Iudas agus a bhràithrean.

3 Agus ghin[g] Iudas Phares agus Sara o Thamar, agus ghin[h] Phares Esrom, agus ghin Esrom[i] Aram.

4 Agus ghin Aram Aminadab, agus ghin Aminadab[k] Naason, agus ghin Naason, Salmon.[l]

5 Agus ghin Salmon Boos o [m]Rachab, agus ghin Boos Obed[n] o Rut, agus ghin Obed Iese.

6 Agus ghin[o] Iese Daibhidh an righ, agus ghin[p] Daibhidh an righ Solomon o'n mhnaoi *a bha* aig Urias.

7 Agus ghin Solomon[q] Roboam, agus ghin Roboam Abia, agus ghin Abia Asa.

8 Agus ghin Asa Iosaphat, agus ghin Iosaphat Ioram, agus ghin Ioram Osias.

9 Agus ghin Osias Ioatam, agus ghin Ioatam Achas, agus ghin Achas Esecias.

10 Agus ghin Esecias Manases,[r] agus ghin Manases Amon, agus ghin Amon Iosias.

11 Agus ghin Iosias Iechonias agus a bhràithre, mu àm an giùlain do Bhabilon.

12 Agus an déigh an toirt do Bhabilon, ghin Iechonias [s]Salatiel, agus ghin Salatiel Serobabel.[t]

13 Agus ghin Serobabel Abiud, agus ghin Abiud Eliacim, agus ghin Eliacim Asor.

14 Agus ghin Asor Sadoc, agus ghin Sadoc Achim, agus ghin Achim Eliud.

15 Agus ghin Eliud Eleasar, agus ghin Eleasar Matan, agus ghin Matan Iacob.

16 Agus ghin Iacob Ioseph fear Mhuire, o'n d'rugadh Iosa, d'an goirear Criosd.

17 Uime sin na h-uile ghinealaich o Abraham gu Daibhidh, *is* ceithir ginealaich deug iad; agus o

a Lucas iii. 23, &c. *b* Salm cxxxii. 11; Mat. xxii. 45; Gniomh ii. 30. *c* Gen. xxii. 18; Gal. iii. 16. *d* Gen. xxi. 2—5. *e* Gen. xxv. 26. *f* Gen. xxix. 35. *g* Gen. xxxviii. 29. *h* Gen. xlvi. 12. *i* Ruth iv. 19. *k* Eachd. ii. 10; Aireamh i. 7. *l* Ruth iv. 20. *m* Iosh. vi. 25; Ruth iv. 21. *n* Ruth iv. 13. *o* 1 Sam. xvii. 12. *p* 2 Sam. xii. 24. *q* 1 Eachd. iii. 10. *r* 2 Righ. xx. 21; 1 Eachd. iii. 13. *s* Eachd. iii. 17. *t* Neh. xii. 1.

1. "Leabhar ginealaich."—'Se so ainm no tiodal a' chaibideil. Is e an t-aon ni a's a ràdh, eachdraidh air sinnsearachd no teaghlach, no clàr ginealaich Iosa Criosd. Tha'm focal air a chleachamh gu cumanta ann an sgriobhuidhean nan Iudhach, Gen. v. 1, Faic mar an ceudna, Gen. vi. 9, Ghleidh na h-Iudhaich a' leithid so do chlàr cunntais, air an teaghlaichean.

"Iosa" Faic R. 21.—"Criosd" Is focal Greugais e a tha 'ciallachadh, Aon Ungta.

'Se "Mesias" am focal Eabhra aig am bheil a' cheart bhrìgh. Air an aobhar sin goirear do Iosa, am Mesias no an Criosd, araon a' ciallachadh an t-aon ni. Tha na h-Iudhaich a' labhairt mu'n Mhesias. Ach Bithidh Criosduidhean a' labhairt uime mar an Criosd. O shean 'nuair a bha Righrean agus Sagartan air an cur air leth chum na dreuchd, bha iad air an ungadh le h-oladh, Lebh. iv. 3, vi. 20. Ecs. xxviii 41, xxix. 7. 1 Sam. ix. 16, xv. 1. 2 Sam. xxiii. 1. Tha ungadh air an aobhar sin a'ciallachadh an t-aon ni a's coisrigeadh no cur air leth air son dreuchd. 'S ann air a shon so, a tha an t-ainm air a thoirt do'n Tighearn Iosa, Dan. ix. 24, bha e air a chur air leth le Dia gu bhi na Righ, Ard shagart, agus Fàidh a phobuill. Agus a' bhàrr air so, bha e air a smuaineachadh gu'n robh ungadh le h-oladh na shamhladh air buaidhean an Spioraid Naoimh, agus o'n thug Dia dha an spiorad gu'n tomhas, Eoin iii. 34, tha e air a ghairm gu h-àraidh aon Ungta Dhé.

"Mhic Dhaibhidh. —Bha brìgh no dha aig an fhocal "Mac" am measg nan Iudhach. Anns an àite so tha e 'ciallachadh aon a thainig o Dhaibhidh, no aon a bha do theaghlach Dhaibhidh. Bha e feumail ginealach Iosa a rannsachadh suas gu Daibhidh, a chionn bha an gealladh air a thoirt seachad, gum bitheadh am Mesias d'a theaghlach-san, agus bha dùil aig na h-Iudhaich, gu léir gum bitheadh a' chuis mar sin. Bhitheadh e eu-comasach, air an aobhar sin, a sparradh air Iudhach gum b'e Iosa am Mesias, ni 's lugha na leigte fhaicinn da, gun d'thainig e o Dhaibhidh. Faic Ier. xxiii. 5, Salm cxxxii. 10, 11. Gniomh xiii. 23, agus Eoin vii. 42.

"Mhic Abrahaim." 'S e sin do shliochd Abrahaim, bha an gealladh air a thoirt do Abraham mar an ceudna, Faic Gen. xii. 3, xxi. 12. Eabh. xi. 18. Gal. iii. 16. Bha dùil aig na h-Iudhaich gu'n tigeadh am Mesias uaithe-san, agas bha e feumail ginealach Iosa a rannsachadh suas d'a ionnsuidhe-san mar an ceudna.

2—16. Tha ginealach Iosa air a chur sìos anns na rainn sin. Tha Lucas (C. iii.) mar an ceudna a' toirt dhuinn cunntas air ginealach a' Mhesias; agus feudaidh sinn a thoirt fa'near nach 'eil earrann anns na sgriobtuiribh a bha na aobhar duilgheadais nis mò, nan dà earrainn so, agus rinneadh iomadh oidheirp air am mìneachadh. Tha 'chud is mo do Dhiadhairean a' smuaineachadh gu bheil Mata toirt dhuinn ginealach Ioseiph, agus Lucas ginealach Mhuire. Thainig iad araon o Dhaibhidh, ach ged a thainig iad mar so o'n aon stoc, sgaoil iad a mach 'nan dà mheanglan.

Tha aobhar ann a bu choir a chur aig fois, cha robh duilgheadas sam bith, air a thoirt air aghaidh d'an taobh, le ceud naimhdean a' chreidimh Chriosduidh, agus cha 'n'eil dearbhadh sam bith gu'n d'thug iad riamh air aghaidh ni sam bith nach robh a' comh-chòrdadh. Nis feumaidh e bhi air a ghleidheil an cuimhne gu'n robh na h-Iudhaich làn-chomasach a leigeil fhaicinn gu'n robh na clàir-innsidh sin mearachdach, ma bha iad da rireadh mar sin, agus tha e glé shoilleir gu'n robh iad glé thoileach so a dhèanamh nam bitheadh e nan comas. Air an aobhar sin, o nach d'rinn iad sin, 's dearbhadh soilleir e gu'n robh iad a réir am beachd-san ceart. Feudaidh a' cheart ni bhi air a ràdh a thaobh nan Ana-creidmheach a sgriobh an aghaidh a' chreidimh Chriosduidh. Tha na clàir-innsidh so nan dearbhadh maith a thaobh an ni b'e miann nan Soisgeulach a nochdadh, eadhon a leigeil fhaicinn do na h-Iudhaich gu'n d' thainig Iosa o Nasaret, o Dhaibhidh. Agus 's e an t-aon ni is urrainn a bhi air fheòraich a nis, an d'ath-sgriobhadh clàir-innsidh nan teaghlaichean so ceart. Tha e soilleir nach urrainn aon sam bith a dhearbhadh nach d'rinneadh so.

17. Cha 'n'eil teagamh nach robh roinn ainmean nan ginealach air a ghnàthachdh air son cuideachadh leis a' chuimhne. Bha e cumanta am measg nan Iudhach, agus tha cunntas againn air nithe eile d'a cheart leithid;

Dhaibhidh gu bruid Bhabiloin, ceithir ginealaich deug; agus o bhruid Bhabiloin gu Criosd, ceithir ginealaich deug.

18 Agus mar so bha breith[u] Iosa Criosd: oir an déigh do cheangal-pòsaidh bhi air a dheanamh eadar a mhàthair Muire agus Ioseph, roimh dhoibh teachd cuideachd, fhuaradh torrach i o'n Spiorad Naomh.

19 Ach air bhi do Ioseph a fear 'na dhuine cothromach, agus gun toil aige ball-sampuill a dheanamh dhi, bu mhiann leis a cur uaith os iosal.

20 Ach ag smuaineachadh nan nithe sin dha, feuch, dh'fhoillsich aingeal an Tighearn e féin da ann am bruadar,[w] ag ràdh, A Ioseph, a mhic Dhaibhidh, na biodh eagal ort do bhean Muire a ghabhail a d'ionnsuidh: oir an ni a ta air a ghineamhuin innte, is ann o'n Spiorad Naomh e.

21 Agus beiridh i mac, agus bheir thu Iosa mar ainm air; oir saoraidh e a shluagh[x] féin o'm peacaibh.

22 (Agus rinneadh so uile chum gu coimhliontadh an ni a thubhairt an Tighearna leis an fhàidh ag ràdh,

u Lucas i. 27. v. Deut. xxiv.

w F. R. 16 x Gniomh v. 31.

Bha dà dhuine ainmeil agus mar an ceudna ni mor a thachair do'n chinneach, a roinn eachdraidh nan Iudhaich na tri earrannan; Abraham, Daibhidh, agus am Braighdeanas, o'n dara aon gus an t-aon eile bha mu thuaiream agus creithir ginealaich deug, agus le bhi gabhail thairis air ainm no dha, bha so glé mhaith mar sholus iuil, chum cuimhne a ghleidheil air an eachdraidh.

"Bruid Bhabiloin." Tha so air a labhairt a thaobh braighdeanas Ierusaleim, agus toirt air falbh nan Iudhaich gu Babilon le Nebuchadnesar 588 bliadhna roi' theachd Chriosd. Faic Eachd xxxvi.

18. "Mar so" air a' mhodh so, na air an dòigh so. "Ceangal-pòsaidh" 's e sin gu'n robh cumhnant eadar riutha gum posadh iad. Bha an cumantas deich no dusan mìos eadar an t-àm a rachadh an cumhnant a dheanamh, agus 'nuair a rachadh am pòsadh. Faic Gen. xxiv. 55, Breith, xiv. 8, fathast bha nàdur a' chumhnaint air dòigh 'as mur bitheadh iad dìleas d'a chéile, gu'n robh e air a chunntas mar adhaltranas. Faic Deut. xxii. 25 28. "Fhuaradh torrach i o'n Spiorad Naomh." Faic mìneachadh air Luc. i. 25.

19. "A fear" cha 'n' eil am focal anns a' chànain anns an deachaidh an leabhar a sgriobhadh, a' filleadh a stigh ann gu'n robh iad pòsda; Tha e 'ciallachadh an so an duine d'an robh i air a toirt ann an ceangal-pòsaidh "'na dhuine cothromach." Tha e 'ciallachadh gu'n robh e caoimhneil, gràdhach, tròcaireach, gràdh cho mòr aige do Mhuire agus nach robh toil aige ball-sampuill a dheanamh dhi, dh'iarr e air an aobhar sin an cumhnant a bhriseadh an uaigneas, a chum's nach bitheadh dioghaltas aon a rinn adhaltranas air a dheanamh oirre. Tha bhrìgh so gu tric aig an fhocal cothromach. Faic 1 Eoin 1—9.

"Ball-sampuill" a nàrachadh gu follaiseach "a cur uaith os iosal." Thug lagh Mhaois cumhachd do'n fhear dealachadh a dheanamh Deut. xxiv. 1. Feudaidh sinn a thoirt fa'near an so cho deuchainneach a's a bha so araon do Mhuire agus do Ioseph, bha gràdh mòr aig Ioseph dhi, ach cha robh dearbhadh aige fathast do a neo-chiontachd, ach feudaidh sinne fhòghlum cionnus a bu choir dhuinne ar 'n earbsa chur ann an Dia, ni esan an neo-chiontach a dhìon, nam bitheadh ise air a ceangal ri duine, cas, crosda, cruaidh-chridheach rachadh i sìos do'n uaigh le bròn, ach dh'òrduich Dia e air mhodh 's gu'n robh i air a toirt ann an ceangal-pòsaidh do dhuine, a bha ciùin, caoimhneil, agus blàth-chridheach, agus na àm iomchuidh, fhuair Ioseph fios air firinn na cùise, agus ghabh e a bhean dhìleas agus ghràdhach d'a ionnsuidh féin. Mar so, bu chòir dhuinn oidheirp a dheanamh a ghnàth coguis ghlan a bhi againn agus ni Dia ar cliù a dhìon. Feudaidh an saoghal olc a labhairt m'ar timchioll, ach ni Dia na àm féin, ar làn-fhirinneachadh agus feudaidh coltais an toiseach a bhi 'nar 'n-aghaidh; ach na àm iomchuidh gabhaidh Dia cùram ar deadh ainm a dhìon, agus ar saoradh o mhasladh.

20. "Ach ag smuaineachadh na nithe sin dha," cha do chuir e ni sam bith an gnìomh an cabhaig is ni e, a bha bualadh aig bun a shonais, agus a chliù, agus meas 'as cliu na bana-chompanaich a roghnaich e. Ni Dia iadsan a tha cùramach a's faicilleach a stiùradh. Agus 'nuair a dhiamhaireas sinn gu foighidneach air deuchainnean sam bith agus gu'n fhios ciod a ni sinn, an sin, ni Dia ar slighe a stiùradh, mar a rinn e ann au cùis Ioseiph. Salm xxv. 9.

"Aingeal an Tighearn." Tha 'm focal aingeal a' ciallachadh Teachdaire, tha e air a chleachdamh gu h-àraidh anns na sgriobtuiribh ris na bitheaman neo-fhaicsinneach agus naomha sin, nach do thuit riamh ann am peacadh; agus a tha gabhail còmhnuidh anns na nèamhaibh, 1 Tim. v. 21 —Iude 6: agus a tha air an cur a mach a fhrithealadh dhoibhsan a tha nan oighreachan air slàinte, Eabh. i. 13, 14, Dan. ix. 21. Bha iomadh doigh air a cleachdamh leothsan a chum toil Dhé a thaisbeineadh, le bruadair, aislingean, gabhail coltais dhaoine orra féin, &c.

"Ann am bruadar." Bha so na dhòigh chumanta air toil Dhé a dheanamh aithnichte do na faidhean o shean agus do phobull Dé, Gen. xx. 3, xxxvii. 5, xli. 1. 1 Righ. iii. 5. Dan vii. 1. Iob iv. 13—15. An dòigh a bha fios aca gu'n robh na bruadair sin o Dhia, cha 'n'eil e an comas dhuinne a nis fios a bhi againn, 's leòir dhuinn fios a bhi againn gu'r ann anns an dòigh so a bha mòran do na faidheadaireachdan, air an deanamh aithnichte, agus feudaidh sinn a thoirt fa'near nach 'eil dearbhadh sam bith againn, gu bheil géill sam bith ri thoirt do bhruadair a nis.

"Na biodh eagal ort." Na cuir teagamh sam bith, na bitheadh eagal sam bith ort mu dhéidhinn a deadh-bheus, no a geanmmuidheachd, na biodh eagal ort gum bi ise neo-airidh ort, na gu' bith i na h-aobhar dìmeas duit.

21. "Iosa mar ainm air." Tha an t-ainm Iosa a' ciallachadh an t-aon ni agus slanuighear. Anns an Eabhra 's e an t-aon ni e agus Ioshua, b'ainm e bha gu maith cumanta am measg nan Iudhach.

"Saoraidh e a shluagh." 'S e so is brìgh do'n ainm Iosa, agus 's ann air a shon so tha an t-ainm air a thoirt dha, tha e saoradh dhaoine o bhi bàsachadh chum an tearnadh, le bhi tabhairt a spioraid a chum an athnuathachadh, ann an spioradaibh an inntinn, Eoin xvi. 7, 8, le chumhachd tre am bheil e 'g an deanamh comasach buaidh a thoirt thairis air an naimhdean spioradail; ann a bhi 'g an dìon o chunnart agus 'g an stiùradh air slighe an dleasdanais; ann a bhi 'g an neartachadh an àm deuchainn, agus aig a' bhàs, agus togaidh e suas iad aig an là dheireannach agus àrdachaidh e iad gu saoghal làn gràidh a's sonais.

"A shluagh," iadsan a thug an t-Athair dha, ghoirte pobull an Tighearna do na h-Iudhaich, a chionn gu'n do roghnuich e iad, agus gu'n robh e ag amharc orra mar phobull roghnuichte agus gràdhach dha féin air an sgaradh o uile chinnich na talmhain. Goirear do Chriosduidhdean Pobull Chriosd a chionn gum b'e rùn an athar an toirt dha, Isa. liii. 11. Eoin vi. 37, agus a chionn gu'n d' thainig e na àm iomchuidh féin, 'g an saoradh dha féin, Titus ii. 14. 1 Pet. i. 2.

"O'm peacaibh" 'se so an t-aobhar mòr air son an d'thainig Iosa, agus air son an do bhàsaich e, cha 'n ann a shaoradh dhaoine nam peacaibh ach o'm peacaibh, cha bhitheadh e comasach do pheacaich a bhi sona ann an nèamh, bhitheadh e na àite truaighe do'n chiontach. B'e rùn Iosa air an aobhar sin an saoradh o' m peacaibh le bhi bàsachadh chum dioghaltas a dheanamh air an son. Titus ii. 15, agus le bhi ag athnuadhachadh a' chridhe, agus a' glanadh an anma, agus ag ullachadh a' phobuill air son àite sonais an taobh thall do neo-bhàsmhorachd 's do'n uaigh. Agus uaith so feudaidh sinn fhòghlum. 1. gu'n robh rùn àraidh aig Iosa tighinn a dh'ionnsuidh an t-saoghail, thainig e a shaoradh a' phobuill féin, agus, bithidh an rùn sin gu cinnteach air a choimhlionadh. 2. Cha 'n'eil dearbhadh sam bith againn gur sinn a' phobull-san mur h-eil sinn air ar saoradh o chumhachd agus rioghachadh a' pheacaidh, cha dean an aidmheil a mhain, gur sinn a' phobull feum. Tha e eucomasach gu'n urrainn duinn a bhi 'nar fìor Chriosd uidhean, ma bhitheas sinn a' toirt gràidh do 'n pheacadh, agus a' tighinn bèo ann. 3. Chum 's gum bitheadh iadsan a tha deanamh aidmheil air a' chreidimh Chriosduidh, a' mothachadh nach 'eil slainte sam bith, as eugmhais gu bheil e o'n pheacadh, agus nach 'eil e comasach dhoibh gu siorruidh a bhi air an leigeil a stigh do fhlaitheanas ns glòire, anns an t-saoghal a ta ri teachd, nis lugha na gu bheil iad air an deanamh glan tre fhuil Iosa anns an t-saoghal a ta làthair.

22. Tha an fhàidheadaireachd so air a cur sìos ann an Isa. vii. 14, bha i air a labhairt 740 bliadhna roi' theachd Chriosd, 'nuair a rioghaich, Ahas, Righ Iudah. Tha e 'filleadh a stigh ann gu'n robh gineamhuin Chriosd miorbhuileach eadhon gu'n robh corp a' Mhesias air a chruthachadh le cumhachd Dhé a réir mar a tha an t-Abstol Pòl a' labhairt na litir a chum nan Eabhrach. Eabh. x. v.

"Emanuel" 's e focal Eabhra a tha 'n so, agus tha e 'ciallachadh "Dia maille ruinn," cha 'n'eil teagamh nach do thuig Mata gu'n robh am focal 'a ciallachadh, "Dia maille ruinn" no gu'n robh nàdur Dhé air aonadh ri nàdur an duine, 's e sin a tha e 'ciallachadh 'nuair a tha e a air a chleachdamh a thaobh a' Mhesias, agus anns an t-seadh so bha e air a choimhlionadh. Thug Mata dìreach cunntas air an dòigh mhiorbhuilich,

23 Feuch,[y] bithidh maighdean torrach, agus beiridh i mac, agus bheir iad Emanuel mar ainm air, is ionann sin r'a ràdh, air eadar-theangachadh, Dia[z] maille ruinn.)

24 Agus air mosgladh do Ioseph as a chodal, rinn e mar a dh'iarr aingeal an Tighearn air, agus ghabh e d'a ionnsuidh a bhean:

25 Agus cha d'aithnich e i gus an d'rug i a ceud-ghin[a] mic; agus thug e Iosa mar ainm air.[b]

CAIB II.

AGUS an uair a rugadh Iosa ann am Betlehem Iudea, ann an làithibh Heroid an righ, feuch, thàinig druidhean o'n àird an ear gu Ierusalem.

2 Ag ràdh, C'àit am bheil righ sin nan Iudhach a ta air a bhreith? oir chunnaic sinne a reult[d] san àird an ear, agus a ta sinn air teachd a thabhairt[e] aoraidh dha.

3 An uair a chual Herod an righ *sin*, bha e fo thrioblaid, agus Ierusalem uile maille ris.

4 Agus air cruinneachadh[f] nan àrd-shagart uile dha, agus sgrìobhaichean an t-sluaigh, dh'fheòraich e dhiubh c'àit an robh Criosd gu bhi air a bhreith.

5 Agus thubhairt iad ris, Ann an Betlehem Iudea: oir mar so sgrìobhadh[g] leis an fhaidh,

6 Agus thusa Bhetlehem *an* tìr Iudah, cha tu idir a's lugha am measg cheannard Iuda: oir asadsa thig Uachdaran a stiùras[h] mo shluagh Israel.

7 An sin air do Herod na druidhean a ghairm os

y Isa. vii. 14. *z* Eoin i. 14. *a* Ecsod. xiii. 2. *b* Luc. ii. 21.

c Sech. ix. 9. *d* Aireamh xxiv. 17; Isa. lx. 3. *e* Eoin. v. 23. *f* Salm ii. 2. *g* Mica v. 2; Eoin vii. 42; Isa. xl. 11. *h* Taisb. ii. 27.

a ghineadh e, eadhon gu'n robh e air a ghineamhuin leis an Spiorad Naomh. B'e air an aobhar sin Athair, bha nàdur Dhé aige, cho maith ri nàdur duine, cha robh e comasach ainm cho freagarach a ràdh ris na "Dia maille ruinn," agus ged nach dearbhadh cleachdamh an ainm so, a bha cumanta san t-Sean Tiomnadh, gu'n robh nàdur Dhé aige, ni nach d'rinn e a thaobh mar a tha Isaias 'g a chleachdamh, fathast a réir màr a tha Mata 'g a chleachdamh, agus mar a tha e soilleir b'e mhiann a chleachdamh. Tha e dearbhadh nach b'e duine a mhàin e ach Dia mar an ceudna, agus 'se so a tha toirt glòir do obair na saorsa; 'se so tha cur iongantais air ainglibh, 'se so tha deanamh an obar cho mòr, agus cho làn fòghluim agus sòlais do Chriosduidhean. Faic Phil. ii. 6—8. 'S e so a bheir na h-uiread sithe, agus a thogas uiread gairdeachais an cridhe pheacach, a chuireas an gath a cionnta a' pheacaidh, a tha saoradh o'n bhàs, agus a tha deanamh irioslachd Dhé 'an obar na saorsa, cho mòr, a's a tha nochdadh meud a thròcair agus a ghràidh do shaoghal caillte.

25. Cha 'n'eil na sgriobtuiribh ag ràdh nach robh clann aig Muire na dhéigh so, 's ann a bheireadh na cunntais a tha an Tiomnadh Nuadh a' toirt dhuinn oirre, oirnn a smuaineachadh gu'n robh. Faic Mat. xiii. 55, 56.

"A ceud ghin mic" a' mac bu shine, no esan aig an robh, a reir an lagha, dlighe no còir bhreith, b'e an t-ainm a bha air a thoirt do'n mhac a rugadh an toiseach, co dhiubh a bha feadhainn eile ann 's nach robh.

"Iosa mar ainm air" bha so air a thoirt le Dia e féin v. 21. Bha e air a thoirt air, air an ochdamh là, aig àm a thimchioll ghearraidh Luc. ii. 21.

CAIB II.—1. Faic làn chunntas air a' bhreith ann an Luc ii. 1—20. B'e baile beag Betleheim an t-àite san d' rugadh Criosd sè mile air taobh na h-àird an iar-dheas do Ierusalem. Tha 'm focal "Betlehem" a' ciallachadh "Tigh arain" ainm a bha air a thoirt do'n àite a réir coltais a thaobh a's gu'n robh am fearann anns an àite sin gu maith torrach, ghoirte Ephrata dheth mar an ceudna, focal a tha air a smuaineachedh aig a bheil a' cheart bhrìgh. Gen. xxxv. 19; Rut iv. 11; Salm cxxii. 6, goirear Baile Dhaibhidh dheth Luc. ii. 4, a chionn gum b'e am baile san d' rugadh e, 1 Sam xvi. 1—18. Ghoirte Betlehem Iudea dheth chum eadar-dhealachadh o bhaile aig an robh a' cheart ainm an Galilee. Iosh. xix. 15. Tha 'm baile air a shuidheachadh air cnoc a tha air a chuartachadh le beanntan a's dailean. Tha cho maith ri dà cheud tigh ann aig an àm so. "Herod an Righ" B'ann an tìr Iudea a rugadh an Slanuighear, àite a bhuineadh do Iompaireachd na Ròimhe. Bha e mu thuaiream tri agus tri-fichead bliadhna roimhe so air a chur fo chìs le Pompei an Seanalair Ròmhanach, fhuair Herod àite o na Romhanaich, agus rioghaich e aig an àm an d'rugadh Iosa mu thimchioll ceithir bliadhna deug 'ar fhichead. Ged bha e ceaduichte dha Righ a ràdh ris féin agus an t-urram so a bhi air a thoirt dha, fathast bha e anns gach seadh fo'n Iompaire Ròmhanach, aig an àm so b'e Augustus a b' Iompaire san Ròimh, bha 'n saoghal gu léir aig sìth—agus bha uile rioghachdan an domhain áir an robh fios aig an àm air an aonadh ri Iompaireachd na Ròimhe, bha co-chomunn eadar rioghachdan araon furasda agus sàbhailt, 'as cha mhòr nach robh na h-aon laghannan aca, bha mar an ceudna aon chànain, a' Ghreugais, air a cleachdamh an cumantas anns gach àite do'n t-saoghal. Air an aobhar sin bha freasdal Dé comharraichte ann a bhi ag ullachadh rioghachdan, air an dòigh so, chum an creidimh Criosduidh a chraobh-sgaoileadh an ùine ghoirid am measg nan uile chinnich.

"Druidhean" b'fheallsanaich, sagartan, no reuladairean na daoine air am bheil iomradh air a dheanamh an so. Bha iad a'gabhail còmhnuidh gu h-àraidh ann am Persia agus ann an Arabia. B'iad daoine fòghluimte na h-àird an ear, agus bha meas mòr orra, mar luchd comhairlich, agus aig àm cogaidh, lean iad an campa a chum an comhairle a thoirt seachad.

"O'n àird an ear" cha 'n'eil fios co dhiùbh a thainig iad o Phersia na o Arabia, dh'fheudadh aon sam bith do na dùthchannan a bhi air a thuigsinn leis an àird an ear, 's e sin an ear o Ierusalem.

2. Bha aig an àm so dùil gu'n robh neach sònruichte ri e féin fhoillseachadh ann an Iudea, agus bha na h-Iudhaich ag amharc gu h-iomaguineach air son teachd a' Mhesias. Le bhi cunntas na h-aimsir air ainmeacheadh le Dan. ix. 24—27, bha fios aca gu'n robh an t-àm a' tarruing dlùth 'nuair a bhitheadh am Mesias air teachd, agus smuainich iad gum b'e Prionnsa saoghalta a bhitheadh anns an neach so, agus smuainich iad ni b'fhaide gu'n saoradh e iad o thràilleachd nan Ròmhanach. Bha mòran Iudhach aig an àm sin a' gabhail còmhnuidh anns an Eiphit, an Ròimh, agus anns a' Ghréig: chaidh mòran mar an ceudna do dhuthchannan na h-àird an ear agus do gach uile àite san deachaidh iad, ghiùlain iad leotha na sgriobtuiribh agus sgaoil iad a' bharail so, gu'n robh neach mòr ri teachd. "A reult." Bha reult no *comet* (reult sheacharain) air a chunntas na mhanadh no na roimh-chomharradh air ni miorbhuileach a bhi ri tachairt. Bha na daoine glice so, a' cunntas so na dhearbhadh gu'n d'rugadh am Prionnsa ri 'n robh an dùil o chionn fhada. Feudaidh e bhi gu'n robh iad air tighinn gus a' bharail so, tre fhàidheadaireachd Bhalaaim, Aireamh xxiv. 17. Cha 'n'eil fios againn ciod an reult a bha an so, b'e ball soluis na dreag a bh' ann a réir coltais, agus feudaidh e bhi gu bheil an t-aon ni air a chiallachadh air am bheil Luc. a' labhairt ii. 9. (Faic am mìneachadh air an àite so,) bha solus mòr a' soillseachadh mu'n cuairt orra, dh'fheudadh an solus so bhi air fhaicinn fàd as agus a bhi air fhaicinn leis na Druidhean san àird an ear. Cha 'n'eil so a' ciallachadh gum fac iad an reult an taobh an ear dhoibh féin, ach an uair a bha iad 's an àird an ear, gum faca iad an reult so. O'n a bha an reult air an t-slighe gu Ierusalem dh'fheudadh i bhi air taobh na h-àird an iar dhiubhsan. Dh'fheudadh e bhi air eadar-theangachadh, air dhuinne bhi san àird an ear chunnaic sinn an reult so. Goirear an reult so dhi, a chionn smuainich iad gu'n robh i air a sònruchadh chum comharrachadh a mach àm agus àite breith a' Mhesias "a thabhairt aoraidh dha." Dh'amhairc iad air mar Righ nan Iudhach, agus thainig iad a thabhairt urraim dha san t-seadh sin. Tha 'm focal 'sa chànain eile 'ciallachadh tuiteam-sìos air a' ghrunnd an làthair neach eile, tuiteam sìos agus umhlachd a dheanamh do aon eile. B'e so an doigh anns an robh umhlachd air a dheanamh do righrean talmhaidh. Faic brìgh an fhocail ann Mat. xx. 20; xviii. 26; Gniomh. x. 25; Luc. xiv. 10.

3. "Bha e fo thrioblaid." Fhuair Herod còir air a' chrùn tre mhòran do-bheairt, agus dòrtadh fala. Bha e air an aobhar sin furasda eagal a chur air, le coltas miorbhuileach sam bith, agus a thaobh gu'n dh' fhoillsicheadh an reult, agus gu'n robh i air amharc oirre mar dhearbhadh gu'n d'rugadh Righ nan Iudhach, chuir so eagal air. "Ierusalem uile" sluagh Ierusaleim agus gu h-àraidh cairdean Heroid. Ach bha mòran a' feitheadh air son comhfhurtachd Israeil, agus d'am bitheadh teachd a' Mhesias na aobhar gairdeachais, ach bhitheadh cairdean Heroid, gu'n teagamh, fo eagal aig a theachd-san.

4. "Nan àrd shagart." Leis na h-àrd shagartan so, cha 'n'eil sinn ri thuigsinn an t-àrd shagart a mhàin maille ri fhear-ionaid (Deputy), ach mar an ceudna ceannaird, no uachdarain nan ceithir sìol fhichead, anns an do roinn Daibhidh teaghlach nan sagartan 1 Eachd. xviii.; xxiv. 3, Eachd. viii. 14; xxxvi. 14; Esra viii. 24.

"Sgrìobhaichean." Leis na sgrìobhaichean anns an Tiomnadh Nuadh

ìosal d'a ionnsuidh, gheur-fhiosraich e dhiubh cia an t-àm an d'fhoillsicheadh an reult.

8 Agus chuir e iad gu Betlehem, agus thubhairt e, Imichibh, agus iarraibh gu dìchiollach an naoidhean; agus an déigh dhuibh fhaotainn, innsibh dhomhsa e, chum gu racham-sa féin,[i] agus gu deanam aoradh dha.

9 Agus an uair a chual iad an righ, dh'imich iad; agus, feuch, chaidh an reult a chunnaic[k] iad san àird an ear rompa, gus an d'thàinig i agus gu'n do stad i os ceann an ionaid an robh an naoidhean.

10 Agus an uair a chunnaic iad an reult, rinn iad[l] gairdeachas le h-aoibhneas ro-mhòr.

11 Agus air dol a steach dhoibh do'n tigh, fhuair iad an naoidhean maille r'a mhàthair Muire, agus thuit iad sìos, agus rinn iad aoradh dha: agus air fosgladh an ionmhas dhoibh, thug iad dha tiodhlacan;[m] òr, agus tuis, agus mirr.

12 Agus air faotainn rabhaibh *o Dhia* ann am bruadar, gun iad a philltinn a dh'ionnsuidh Heroid, chaidh iad d'an dùthaich fein air slighe eile.

13 Agus an uair a dh'imich iad air an ais, feuch, nochdadh aingeal an Tighearna do Ioseph ann am bruadar,[n] ag ràdh, Eirich, agus gabh an naoidhean agus a mhàthair, agus teich do'n Eiphit, agus bi an sin gus an labhair mise riut: oir iarraidh Herod[o] an naoidhean g'a mhilleadh.

14 Agus dh'éirich e, agus ghabh e d'a ionnsuidh

i Gnath. xxvi. 34. *k* R. 2 *l* Salm lxvii. 4.

n Caib. i. 20. *o* Iob xxxiii. 15, 17.

tha air a chiallachadh, daoine fòghluimte, fiosrach san lagh, agus nam buill do àrd chomhairle na rioghachd. Ghleidh iad leabhraichean cuimhne nan cùirtean lagha 's nan sinagogaibh; agus mar an ceudna sgriobh iad na litrichean dealaichidh, &c. Bha iad nam fir lagha mar an ceudna, Mata xxii. 35. Luchd teagaisg an lagha Luc. v. 17. Leis na h'-àrd shagartan agus sgrìobhaichean air am bheil iomradh air a dheanamh an so, tha sinn ri bhi tuigsinn an Sanhedrim, no àrd chomhairle na rioghachd. Bha dhadheug 'us tri fichead duine ann, agus bha cùisean na rioghachd air earbsa riuthsan.

"Dh' fheòraich e dhiubh." o'n a b' iadsan daoine fòghluimte na rioghachd, agus o'n a b'e an gnothuch a bhi mìneachadh an t-Seann Tiomnaidh, bha e air a thuigsinn gum bitheadh fios aca-san ciod a bha faidheadaireachd ag ràdh mu thimchioll.

5, 6. "Leis an fhàidh." Fhreagair an Sanhedrim gu'n teagamh sam bith mu'n chùis. Chuir faidheadaireachd a' chùis a dh'aon taobh, tha' n fhàisneachd so air a cur sìos ann am Micah v. 2. Anns an fhàisneachd sinn tha àite breith, agus mar an ceudna buaidhean, beusan 'us cliù a' Mhesias air innsidh cho soilleir, 's nach b' urrainn teagamh a bhi mu'n chùis.

"Cha tu idir a' s lugha" ann am Micah, "ged a tha thu beag," ged 's àite beag thu a thaobh sluaigh, fathast cha bhi e beag, no cha 'n e idir a's lugha ann an urram, oir bithidh am Mesias air a' bhreith an sin, thug a bhreith urram do'n àite, nach b'urrainn a bhi air a bhuileachadh air bailtibh a's mò le'm mòr àireamh do shluagh, le'n greadhnachas, le'm beartas, as le'm maoin.

"Uachdaran" fear-riaghladh, 's e so aon do dhreuchdan a' Mhesias, a tha na Righ air a' phobull Eoin xviii. 36, 37. Tha 'm facal "stiùras" anns an àite so 'ciallachadh a bhi stiùradh, mar a bhitheas buachaill a' stiùradh a threud ann an treibhdhireas, agus ann an caoimhneas. Coimeas Eoin x. 11; Isa xl. 10, 11; ix. 7.

7. "Os iosal" an uaigneas "gheur-fhiosraich e" dh' fheoraich e dhiubh gu mionaideach. Rinn e so a thaobh 's gu'n do smuainich e gu'n d' fhoillsicheadh an reult aig an àm san d'rugadh e, agus bu mhaith leis fios poncail a bhi aige air aois an naoidhein.

8. "Imichibh, agus iarraibh gu dìchiollach an naoidhean." Chleachd Herod gach meadhon a bha na chumhachd fios poncail fhaotainn a thaobh an naoidhein, a chum gu'n cuireadh e gu cinnteach gu bàs e. Cha' n e a mhàin gu'n d' fhuair e mach àm a' bhreith, agus an t-àite far an d' rugadh e, ach chuir e na daoine glice chum 's gum faiceadh iad e, agus gu'n toireadh iad fios d'a ionnsuidh-san. Dh'fheudadh so uile amharc gu maith amharusach mar bitheadh esan air rùn inntinn fholach fo sgeil creidimh, thubhairt e riutha, "Chum" no air chor 's "gu racham-sa féin, agus gu deanam aoradh dha."

Tha daoine aingidh gu minic a' folach an rùintean olc fo chleòc creidimh tha iad a' feuchainn iadsan a mhealladh a tha da rireadh maith, agus a thoirt orra smuaineachadh gu bheil iad féin anns a' cheart rùn inntinn, ach cha 'n'eil e 'n comas Dia a mhealladh, agus bheir esan iad gu breitheanas. 2. Tha daoine aingidh gu minic a' feuchainn, ri bhi deanamh dhaoine diadhaidh nam meadhon, chum an rùintean olc a chur air adhairt, cha seas daoine cosmhuil ri Herod aig ni sam bith, ma gheibh iadsan an cùisean féin a chur air an adhairt. Tha iad a' feuchainn ris na daoine baoghalta a mhealladh, na daoine neo-amharusach a ribeadh agus ris a' char a thoirt as na daoine lag-inntinneach. 3. Tha innleachdan dhaoine aingidh an cumantas gu maith seòlta, caithidh iad ùine fhada, a's rannsachaidh iad gu dìchiollach, cuiridh iad orra gu minic cleòc creidimh. Ach tha Dia a' faicinn rùintean an inntinnean; agus ged a tha daoine air am mealladh, fathast cha 'n'eil e'n comas Dia a mhealladh. Gnath-fhocal. xv. 3.

9, 10—"Chaidh an reult rompa." Tha e glé choltach gu'n do chaill iad sealladh air an reult 'nuair a thòisich iad air an turus o'n àird an ear, a réir coltais dh'fhoillsicheadh an reult dhoibh an toiseach air slighe Ierusaleim. 'Nuair a thàinig iad an sin, bha e feumail gum bitheadh iad air an stiùradh gus a' cheart àite 'san robh an naoidhean, dh'fhoillsicheadh an reult a rithist, 's ann air an aobhar so a rinn iad gairdeachas. Agus tha so a' leigeil ris dhuinn:—1. gu'n robh breith Iosa na ni mòr airidh gum bitheadh na daoine sin air an stiùradh le nèamh, chum àite bhreith fhaotainn a mach. 2. Ni Dia iadsan a stiùradh aig am bheil iarrtus an Slànuighear fhaotainn, agus ged bhitheas an solus car ùine air a thoirt air falbh, fathast foillsichear e a rìs, agus stiùraidh e sinn air an t-slighe a dh' ionnsuidh an Fhir-shaoraidh. 3. Bu chòir teas-ghràdh do Chriosd ar lionadh le gairdeachas: 's esan an t-slighe, an fhirinn, agus a' bheatha; an slànuighear, an caraid, na h-uile anns nan uile; cha 'n'eil slighe eile gu beatha, agus cha 'n'eil sìth do'n anam gus am bheil e air fhaotainn. 'Nuair a tha sinn air ar treòrachadh d'a ionnsuidh-san, air an aobhar sin, bu chòir d'ar cridheachan a bhi cur thairis le gairdeachas a's le moladh; agus bu chòir dhuinn gu h-iriosal, agus gu taingeil, gach ceum a leantuinn a ni air treòrachadh dh'ionnsuidh mhic Dhé. Eoin xii. 35, 36.

11. "Thuit iad sìos, agus rinn iad aoradh dha." Faic mineachadh air v. 2.—"Thug iad dha tiodhlacan." Mar Righ nan Iudhach, a chionn smuainich iad gum bitheadh e na Phrionnsa, agus na fhear-cogaidh ainmeil Bha e na chleachdamh aig breith Prionnsa urram a nochdadh dha le bhi 'toirt dha tiodhlacan, no tabhartais da leithid so, agus mar an ceudna a bhi tarruing dlùth do neach mòr le tiodhlacan. Faic Gen. xxxii. 14; xlii. 11; 1 Eachd. x. 27; 1 Righ x. 3; Salm lxxii. 10—15.

"Tùis" b'ann, o Arabia a bha so a' tighinn: bha e air fhaotainn o chraobhan le bhi a' gearradh an rùisg air a' chraoibh, agus leigeil le brìgh na craoibhe sruthadh a mach, bha faileadh cùbhraidh dheth 'nuair 'bhitheadh e air a losgadh, agus bha e air a chleachdamh ann an aoradh mar an cuedna, Ecsod. xxx. 34; Lebhit. ii. 1—2, &c. Tha e ri fhaotainn ann an Innsean na h-àird an ear, ach gu h-àraidh ann an Arabia, agus tha e air a smuaineachidh a réir coltais gu'n d'thàinig na daoine glice o Arabia.

"Mirr." Bha so mar an ceudna a' tighinn o Arabia, agus bha e air fhaotainn o chraoibh air a' cheart dòigh san robh an tùis. Tha'n t-ainm a 'ciallachadh "searbhachd" agus bha an t-ainm air a thoirt dha air an aobhar sin. Bha e air a chleachdamh gu h-àraidh air son a bhi cur spiosraidh air na mairbh a chionn gun robh buaidh àraidh ann a chumadh na mairbh o lobhadh. Faic Eoin xix. 39. Bha e air a chleachdamh gu mòr anns an Eiphit agus ann an Iudea b' iad na tiodhlacan sin na nithe bu luachmhoire, bha cinntinn san dùthaich, 'us nochd iad meas mòr do Iosa, le so a dheanamh agus an cinnt gum bitheadh e na Phrionnsa ainmeil, agus air dhuinn a bhi faicinn gu bheil an gnìomh so a rinn iadsan air a labhairt uime le cliù, tha e 'nochdadh dhuinne gum bu chòir dhuinn ar tiodhlacan a's luachmhoire, ar n' uile thairgse air son aobhar an Tighearna Iosa Criosd. Thàinig daoine glice air asdar mòr a thoirt ùmhlachd dha agus thuit iad sìos a's thairg iad dha an tiodhlacan a b'fhearr. Tha e ceart mar an ceudna, gu'n d' thugamaid dha, ar cridheachan, ar moladh, ar maoin, ar n' uile.

12. Nan d' thugadh iad fios poncail do Herod far an robh e, b' fhurasda dha daoine chur a mach chum Iosa chur gu bàs, feudaidh sinn fhòghlum uaithe so, gu'n dean Dia faire thairis orra-san d'am bheil, e toirt gràidh, agus is aithne dha cionnus a shaoras e iadsan á làmhaibh na muinntir sinn a mhilleadh iad.

13. "Aingeal." Faic Caib. i. 20, "teich do'n Eiphit." Tha 'n Eiphit suidhichte air an taobh an iar-dheas do Iudea, bhuineadh i aig an àm do na Ròmhanaich. Bha mòran Iudhach an sin, bha teampull, agus sinagogaibh an sin mar an ceudna, bhitheadh Ioseph mar so am measg a luchddùthcha, agus fathast far nach ruigeadh làmh Heroid air. Agus a' cheart tìr,

an naoidhean agus a mhàthair san oidhche, agus dh'imich e do'n Eiphit:

15 Agus bha e an sin gu bàs Heroid: a chum gu coimhliontadh an ni a labhair an Tighearna leis an fhàidh, ag ràdh,[p] A mach as an Eiphit ghoir mi mo Mhac.

16 An sin an uair a chunnaic Herod gu'n d'rinn na druidhean fanoid air, las e le feirg ro-mhòr, agus chuir e *luchd-millidh* uaith, agus mharbh e na bha do leanabaibh mac am Betlehem, agus 'na crìochaibh uile, o aois dhà bhliadhna agus fuidh, a réir na h-aimsir a dh'fhòghluim[q] e gu dìchiollach o na druidhibh.

17 An sin choimhlionadh an ni a labhradh le Ieremias[r] am fàidh, ag ràdh,

18 Chualas guth ann an Rama, caoidh, agus gul, agus bròn ro-mhòr, Rachel a' caoineadh a cloinne, agus cha b'àill leatha sòlas a ghabhail, a chionn nach 'eil iad *beò*.

19 Ach an uair a dh'eug Herod, feuch, nochdadh aingeal an Tighearn ann am bruadar do Ioseph san Eiphit,

20 Ag ràdh, Eirich, agus gabh an naoidhean agus a mhàthair, agus imich gu talamh Israeil: oir fhuair an dream a bha 'g iarraidh anama an leinibh bàs.[s]

21 Agus dh'éirich esan, agus ghabh e an leanabh agus a mhàthair d'a ionnsuidh, agus thàinig e gu talamh Israeil.

22 Ach an uair a chual e gu'n robh Archelaus 'na righ an *tìr* Iudea an àit Heroid 'athar, bha eagal air dol an sin: ach, air faotainn da rabhaidh *o Dhia* ann am bruadar, thionndaidh e gu crìochaibh Ghalile:[t]

p Hosea v. 1. *q* R. 7. *r* Ier. xxxi. 13.

s Ecsod. iv. 19. *t* Caib. iii. 13; Luc. ii. 39.

a bha na tìr traillealachd agus sàruchaidh do na h-Iudhaich, bha i nis na tìr fasgaidh, 'a s tèaruinteachd do'n naoidhean sin a b'e Righ nan Iudhach. 'S urrainn do Dhia cinnich, a's rìoghachdan a thionndadh air chor 's gum bi iadsan d'am bheil e 'toirt grèidh tèaruinte an àite sam bith.

15. "Bàs Heroid." Tha na Diadhairean is fòghluimte a' smuaineachadh gu'n d'fhuair e bàs mu thuaiream da bhliadhna an déigh breith Chriosd; ni mò is urrainn fios cinnteach a bhi againn, ciod an aois aig an robh Iosa air a thoirt do'n Eiphit: a réir coltais, bha e air a smuaineachadh gu'n robh e bliadhna dh'aois (Faic v. 16); agus air an aobhar sin cha d'fhan e ann ùine fhada.

"A chum gu coimhliontadh." Tha na briathra so air an cur sìos ann an Hosea xi. 1. Tha e an sin gu soilleir air a labhairt a thaobh Dhé a bhi 'gairm a phobuill a mach as an Eiphit fo Mhaois. Faic Ecsod. iv. 22, 23. Dh' fheudadh e bhi air a ràdh gu'n robh e air a choimhlionadh ann a bhi 'gairm Iosa o'n Eiphit: a chionn tha na briathra ann an Hosea, a' filleadh so a stigh annta mar an ceudna.

16. "Na druidhean fanoid air." 'Nuair a chunnaic e nach do phill iad mar a bha dùil aige. Cha 'n'eil so a' ciallachadh gu'n d' rinn iad e air son fanoid a dheanamh air; ach gu'n do mheall iad e, anns nach do phill iad air an ais.

"Las e le feirg ro-mhòir." Bha e air a dhìobradh a's air a mhealladh; bha e na bheachd fear millidh a chur uaith, chum Iosa a mhàin a chur gu bàs; ach o'n bha e air a mhealladh anns an ni so, shaoil e gu'n toireadh e a' cheart ni gu crìch; agus gum bitheadh e cinnteach a chur gu bàs, nan cuireadh e daoine uaith, agus na naoidheanan uile anns an àite, a chur gu bàs: tha an ni so na shoillearachadh air cumhachd aingidheachd, agus corruich; cha seas e aig ni sam bith, mu 'r urrainn e an ni sin a dheanamh is maith leis; cha 'n ob e dol ni's faide agus tuilleadh uilc a chur an gnìomh, na b'e a rùn an toiseach. Esan aig am bheil cridhe aingidh, agus a bheir srian d'a chorruich 's d'a fheirg, cha 'n'eil fios aige c'aite an crìochnaich e; agus am bitheantas cuiridh e mòran tuilleadh an gnìomh na b'e 'mhiann an toiseach a dheanamh.

"Mharbh e na bha do leanabaibh mac." Cha do mharbh e ach na leanabaibh mac a mhàin, 'se so as brìgh dha anns a' Ghreugais.

"Na crìochaibh uile." Na h-àitibh mu'n cuairt air Betlehem: na h-uile a bha anns a' choimhearsnachd. Cha'n'eil fios againn cia cho mòr an t-àite a's bha Betlehem, no 'n t-àireamh, a chaidh a chur gu bàs. Ach cha b' àite mòr e, agus cha b'urrainn an t-àireamh a bhi ro-mhòr.

"A réir na h-aimsir." Dh'fheuch e fios fhaotainn o na druidhean ceart àm a bhreith—shaoil e gu'n robh fios aige air aois Iosa: mharbh e air an aobhar sin, na h-uile a bha d'a aois-san; 's e sin na h-uile a rugadh mu' n àm a dh'fhoillsicheadh an reult: a réir coltais o shèa mìosan suas gu ruige da bhiadhna. Bu duine ain-tighearnail, borb, agus fuileachdach Herod, agus tha gnìomharan a rìoghachaidh, a' dearbhadh glé shoilleir gum b'e an duine a b'urrainn aingidheachd cho mòr a chur an gnìomh. Nochdaidh na nithe a leanas, gu'n robh cur gu bàs nan leanabaibh a' co-chòrdadh ri ghiùlan anns gach dòigh. Bha Aristobulus, brathair a mhnatha Mariamne, air a mhort aig ochd bliadhna deug a dh'aois le iarrtus-san; a chionn gu'n do nochd sluagh Ierusaleim gu'n robh gràdh aca dha. Anns an t-seachdamh bliadhna d'a rìoghachadh, chuir e Hircanus, sean-athair Mhariamne, gu bàs; ged bha e aig an àm sin ceithir fichead bliadhna dh'aois, agus a shàbhail e féin beatha Heroid aig àm àraidh roimhe sin; duine a nochd aig gach àm nàdur caoimhneil agus ciùin. Bha Mariamne, a bhean bhòidheach, agus sgiamhach, air a cur gu bàs gu follaisach; agus bha a màthair, Alecsandra, air a cur gu bàs ann an ùine bhig na déigh. Bha Alastair a's Aristobalus, an da mhac a bha aige ri Mariamne, air an tachdadh le 'òrdugh-san am prìosan, air amharus gu'n bhunachar sam bith; agus an 'uair a bha iad aig aois dhaoine: iad pòsda, a's clann aca. Air leaba 'bhàis, chur e mach òrdugh, air feadh Iudea uile Uachdarain an t-sluaigh gu léir a chruinneacheadh na làthair aig Iericho: 'nuair a thàinig iad, ghlas e suas iad uile 'san *circus* (àite marcachd); agus air dha a phiuthar Salome a ghairm d'a ionnsuidh mailles ri fear Alecsas, thubhairt e riu, "Cha 'n'eil mo làithean-sa nis ach goirid; tha fios agaibh gu'n dean na h-Iudhaich gairdeachas mòr aig mo bhàs, agus nach toilich ni iad ni's mò na' n naigheachd a chluinntinn. Tha iad a nis agaibh 'nar coimhead, cho luath 'sa dh'fhàgas an anail mo chorpsa, agus mu'm bi e'n comas fios mo bhàis fhaotainn, leigibh a stigh na saighdearan nam measg, agus cuiribh gu bàs iad. Ni Iudea uile an sin, agus gach teaghlach, bròn aig mo bhàs; ged 'sann an aghaidh an toil a bhios e: 's cinnteach gu'n deanadh an duine so gnìomh fuileachdach sam bith.

17, 18. "Ieremias," Ieremiah. Tha an earrann so air a toirt o Ier. xxxi. 15. Tha'm focal "choimhlionadh" anns an àite so gu'n teagamh air a chleachdadh anns an t-seadh, gu bheil briathran Ieremiah a' cur an céill an ni a tha Mata ag innseadh; bu phrìomh rùn do'n fhàidheadaireachd so, cunntas a thoirt air bròn a's mulad a phobuill dol a dh'ionnsuidh braighdeanais. An déigh do Nebusar-adan Ierusalem a chìosnachadh bha na braighde cruinn aig Rama, agus Ieremiah e féin air a cheangal le slabhruidhibh; agus an sin bha dàn na muinntir a chaidh as o sgrìos a bhaile air a chur a dh-aon taobh le toil Ceannard an airm, Ier. xl. 1. Bha bròn a's doilgheas an t-seallaidh so, air innseadh ro mhaith an cainnt an Fhàidh, agus tha e cheart cho freagarrach a thaobh an ni mhuladaich air am bheil an soisgeulaiche a' toirt cunntais. Bu bhaile beag Rama a bhuineadh do thréibh Bheniamin, astar beag o Bhetlehim. B'i Rachel màthar Bheniamin, agus bha i air a tìodhlachdadh dlùth do Rama. Gen. xxxxv. 16, 19. Tha 'm faidh le samhladh bòidheach an so 'toirt air adhart, na màthar ri bròn thairis air a treubh, do thaobh crannachur muladach Israeil; agus an léir-sgrios a bha ri tighinn air an tìr. Tha briathran an t-samhlaidh gu maith freagarrach gu cur an céill duinn bròn màthraichean Bhetleheim, 'nuair a chuir Herod an leanabaibh gu bàs. Feudaidh sinn a thoirt fa 'near anns an àite so, gu'n robh na soisgeulaich gu maith faicilleach ann an labhairt a thaobh cliù dhaoine. An so bha h-aon do na daoine bu mhiosa air an t-saoghal, a' cur nithe eagalach an gnìomh; ach fathast cha 'n'eil focal air a ràdh uime, no m'a ghiùlan roimhe so. Sgrìobh iad na nithe sinn a bhuinneadh d'an gnothuch féin; a's an ni nach buineadh dhoibh dh'fhàg iad aig feadhainn eile e. S' e so nàdur a chreidimh Chriosduidh: cha labhair e olc mu fheadhainn eile, ach 'nuar tha e feumail; agus eadhon an sin féin, cha 'n'eil e gabhail tlachd ann.

19. "Dh'eug Herod." Faic mineachadh v. 15. Dh'fhàg Herod triùir mhac, agus bha an rìoghachd aig a bhàs air a roinn eatorra: do Archelaus bha Iudea, Idumea, agus Samaria air a thoirt; do Philip, Bantanea, Trachonitis, &c.; do Antipas, Galile a's Peraea: ghoirte Herod riuth-san mar an ceudna, agus is iad sin na Heroid air am bheil iomradh air a dheanamh am bitheantas anns an Tiomnadh Nuadh.

22. Bha Archelaus cruaidh-chridheach, agus ain-tighearnail mar a bha Athair: aig aon do fhéillibh na càsg, chuir e tri mìle do'n t-sluagh gu bàs anns an teampull agus anns a' bhaile! Air do Ioseph fios a bhi aige air a

23 Agus thàinig e agus ghabh e còmhnuidh ann am baile d'an goirear Nasaret,[u] a chum gu coimhliontadh an ni a labhradh leis na fàidhibh, Gu goirear Nasarach[v] dheth.

CAIB. III.

AGUS anns na làithibh sin thàinig[w] Eoin Baiste, a' searmonachadh am fàsach Iudea,

u Eoin i. 45. *v* Aireamh vi. 13. Breith. xiii. 5. 1 Sam. i. 11. Amos ii. 10, 12. Gniomh xxiv. 5. *w* Luc. iii. 2. Eoin. i. 18.

2 Agus ag ràdh, Gabhaibh aithreachas: oir a ta rìoghachd nèimh am fògus.

3 Oir is e so an ti ud mu'n do labhair,[x] Esaias am fàidh, ag ràdh, Guth an ti a ghlaodhas anns an fhàsach, Ulluichibh slighe an Tighearna, deanaibh a cheumanna dìreach.

4 Agus bha a [y]chulaidh aig Eoin do fhionna chàmhal, agus crios leathair aige timchioll a leasraidh; agus is e bu bhiadh dha locuist[z] agus mil fhiadhaich.

x Isa. xl. 3. *y* 2 Righ i. 8. Mat. xi. 8. *z* Lebh. xi. 22.

nàdur, agus air dha eagal a bhi air nach bitheadh e sàbhailt an sin; bha e 'n ioma-cheist mu dhol gu "Criochaibh Ghalile," dùthaich Ghalile. Aig an àm so bha Palestine, no fearann a' gheallaidh, air a roinn na thri earrannan, Galile air an taobh tuath; Samaria 'sa mheadhon; Iudea air an taobh deas. Bha Galilee fo rìoghachadh Heroid Antipais, a bha na Phrionnsa maith iochdmhor, agus na rìoghachd-san dh'fheudadh Ioseph còmhnuidh a ghabhail le tèaruinteachd.

23. B'u bhaile beag Nasaret, suidhichte ann an Galile air taobh na h-àird an iar do Chapernaum, agus dlùth do Chana. Bha cuid dheth air a thogail ann an àite còmhnard, agus cuid air leth-bhruthach, Luc. iv. 29. Tha sliabh fathast air a chomharachadh, air taobh deas Nasaret, an t-aon air an d'fheuch an sluagh an Slànuighear a thilgeadh sìos. B'àite e aig an àm sin a bha comharraichte air son aingidheachd, Eoin i. 46. Tha e a nis na bhaile mòr, agus tigh-mhanach maille ri da eaglais ann.

"A chum gu coimhliontadh an ni a labhradh leis na fàidhibh." Cha 'n'eil na briathran so ri'm faotainn ann an aon sam bith do leabhraichean an t-Seann Tiomnaidh, cha 'n'eil Mata 'labhairt a thaobh aon àite àraidh sam bith, ach a thaobh na fàidheadaireachd uile mu thimchioll. Feudaidh an ni a leanas so a dheanamh soilleir. 1. Cha 'n'eil e 'g ràdh "leis an fhàidh" mar a tha e 'g ràdh ann an Caib. i. 22 agus ii. 5, 15, ach leis na fàidhibh gu'n bhi 'ciallachdh a h-aon sam bith air leth. 2. Bha fàidheadaireachdan àraidh mu thimchioll gu'n robh e do bheatha ro ìosal; air a dhìmeas, agus air a chur air chùl le daoinibh. Faic Isa. liii. 2—12, Salm xxii. 3. "Goirear Nasarach dheth;" tha so a' ciallachadh an t-aon ni a bithdh e na Nasarach. 4. Bha muinntir Nasaret air an dìmeas gu mor, Eoin i. 46; vii. 52, a bhi o Nasaret, no bhi ann a d' Nasarach, b'e an t-aon ni e agus a bhi air do chunntas ìosal ann an inbhe, no bhi air do dhìmeas; a bhi na fhreumh o thalamh tioram, gu'n dealbh gu'n mhaisealachd; agus 's e so a' cheart ni a bha air innseadh ro-làimh leis na fàidhibh. 'Nuair a tha Mata ag ràdh, air an aobhar sin, gu'n robh an ni a labhradh leis na fàidhibh air an coimhlionadh: tha e 'ciallachadh gu'n robh na nithe a labhradh leis na fàidhibh, eadhon gum bitheadh am Mesias do inbhe ìosal, agus air a chur air chùl, air an làn choimhlionadh: air dhasan a bhi na Nasarach, agus a bhi air a dhìmeas d'a thaobh.

CAIB III.—1. A reir coltais, cha do thòisich Eoin air baisteadh, no air searmonachadh ùine fhada mu'n d'inntrinn e air a mhinistreileachd; agus air an aobhar sin, bha o'n àm a tha air 'ainmeachadh aig crìoch an dara gus an t-àm a tha air 'ainmeachadh aig toiseach an treas caibideil, eadar cuig a's sè bliadhna fichead.

"Eoin Baiste." No Eoin am fear baistidh. Ghoireadh so dheth o'n b'e 'Ghreuchd àraidh a bhi baisteadh. "Searmonachadh." Tha'm focal so a' ciallachadh anns a' Ghreugais a bhi glaodhaich, amhuil mar a bhitheas fear-éigheachd.

"Am fàsach Iudea." Bha 'n dùthaich so suidhichte ri taobh Iordain agus na mara Ruaidhe, gus an àird an ear do Ierusalem. Cha 'n'eil am focal air eadar-theangachadh "fàsach" na ionad anns nach robh luchd-àiteachaidh idir; ach tìr bheanntach, gharbh, agus thàna air a h-àiteachadh, n'a bu fhreagarraich air son ionaltraidh, na bha i air son oibricheadh. Bha luchd-àiteachaidh anns na h-ionadaibh sin, agus eadhon bailtean; ach b'ionadaibh iad nach robh gu h-iomlan air an àiteachadh. 1 Sam. xxv. 1, 2. Ri linn Ioshua bha sè bailtean ann an àite ris an goirte fàsach. Ioshua xv 61, 62.

2. Tha aithreachas a' filleadh a stigh ann bròn air son droch-bheairt anns an ùine a chaidh seachad. 2 Cor. vii. 10. Mothachadh geur air olc a' pheacaidh air a chur an gnìomh an aghaidh Dhé. Salm li. 4. Agus mar an ceudna làn rùn pilleadh o'n pheacadh, agus beatha naomh a chaitheamh. Tha fìor ìompachan a' deanamh bròin air son peacaidh, cha 'n e mhàin a chionn gu bheil e millteach do'n anam; ach gu h-àraidh a chionn gu bheil e cur corruich air Dia, agus gur e an ni sin a tha gràineil na shealladh. Ier. xliv. Tha e ag éiridh tre bhi faicinn an cunnart agus an truaighe mhòr do'm bheil e 'g ar deanamh buailteach; agus tre bhi faicinn ceartas agus naomhachd Dhé, Iob xliii. 6; agus gu'n robh ar peacanna air an cur an gnìomh an aghaidh Chriosd, agus gum b'iad aobhar a bhàis. Sech. xii. 10; Luc. xxii. 61, 62.

"Aithreachas." Tha da fhocal 's an Tiomnadh Nuadh air an eadar-theangachadh, aithreachas. Tha' n dara h-aon a 'ciallachadh atharrachadh inntinn, ath-leasachadh beatha; agus an t-aon eile bròn, no doilgheas gu'n robh peacadh air a chur an gnìomh. 'S ann sa' cheud bhrìgh tha e air a chleachdamh anns an àite so; eadhon gairm air na h-Iudhaich atharrachadh beatha agus ath-leasachadh gìùlain a bhi aca. Aig àm Eoin bha 'n cinneach anabarrach aingidh, a's truaillidh. Thòisich e féin a's Criosd air am ministreileachd le bhi 'gairm chum athaireachais.

"Oir a ta rìoghachd nèimh am fagus," bha fiughair ri a' leithid so do rìoghachd air altrum o'n t-Seann Tiomnadh, gu h-àraidh o Dhan. vii. 13, 14. Labhair na fàidhean mu aon a bhitheadh a' tighinnn an àite Dhaibhidh a shuidheadh air a righ-chaithir. 1 Righ ii. 4; viii. 25. Ier. xxxiii. 17. Bha fiughair aig na h-Iudhaich ri neach mòr àraidh a thigeadh a thoirt saorsa do'n chinneach. Smuainich iad 'nuair a thigeadh am Mesias gum bitheadh na mairbh uile air an togail; gum bitheadh am breitheanas air tachairt; agus gum bitheadh naimhdean nan Iudhach air an sgrios; agus an cinneach Iudhach air an àrdachadh gu urrainn, a's inbhe mhòir. Bha a' chainnt a b'abhast doibh a bhi 'gnàthachadh a thaobh an ni so, air a cleachdamh leis an t-Slànuighear agus leis na h-abstoil. Fathast dh'fheuch e gu moch beachdan ceart a thoirt dhoibh mu thimchioll a rìoghachadh: b'e so gun teagamh, aon rùn a bha aig Eoin Baiste ann a bhi *searmonachadh* aithreachais. An àite a bhi 'g an cruinneachadh chum armachd, *'s 'g* an ulluchadh air son cath, ni a chòrdadh r'am beachdsan: 's ann a *ghairm* e orra aithreachas a dheanamh; ni a bha mòran ni b'fhearr a' comh-chòrdadh ris an rìoghachd a bha esan a' dol a chur suas air an talamh.

Tha e air a smuaineachadh gu bheil aig na briathraibh "rìoghachad Dhé," &c. brìgh no dha. Tha cuid a smuaineachadh gu bheil iad air an cleachdamh a thaobh staid nan nithe air nèamh; cuid eile gu bheil iad a' ciallachadh na h-Eaglais, no rìoghachadh Chriosd ann an cridheachan a phobuill. Tha iad gu'n teagamh a' filleadh a stigh annta ni àraidh mu thimchioll staid nan nithe ann an nèamh, an déigh na beatha-so. Ach tha eaglais Dhé na àite ulluchaidh an so bhos, air son na h-eaglais a ta shuas; inbhe anns am bheil Criosd gu h-àraidh a' riaghladh agus a' rìoghachadh; tha e air an aobhar sin, a' ciallachadh staid nan nithe sin a bha an Mesias, ri chur suas. Thòisich a rìoghachadh spioradail na eaglais air thalamh, agus bithidh e air a dheanamh coimhlionta air nèamh. Dh'fheudadh e bhi air eadar-theangachadh ni b' fhearr air a' mhodh a leanas.

"Tha rìoghachadh Dhé a' tarruing dlùth, no tha an t-àm'nuair a bhitheas Criosd a' rìoghachadh aig làimh: tha iad a' filleadh a stigh 'uachdaranachd thairis air a phobull, araon air thalamh a's air nèamh. Tha 'm focal nèamh air uairibh a' ciallachadh an t-àite ris an abrar an t-ainm so, agus air uairibh, Dia e féin, aig a bheil àite còmhnuidh an sin. Dan. iv. 26. Faic Marc xi. 30. Luc. xv. 18. O'n b'i rìoghachd neo-thruaillidh i, bha e feumail gu'n ulluicheadh an sluagh iad féin ar a son, le bhi tionndadh o'm peacanna; chum 's tre fhuil Chriosd gum faigheadh iad sealbh oirre.

3. "Esaias am fàidh." Am fàidh Isaiah. S'e Isaias an dòigh Ghreugach, air am bheil am focal air a sgrìobhadh: tha an earrann so air a toirt o Isa. xl. 3. Tha e air a ràdh an so gu bheil e air a labhairt mu thimchioll Eoin, roimh-ruith-fhear Chriosd. Bha na h-Iudhaich min-eòlach air a' chainnt so, agus air an aobhar sin thuigeadh iad gu maith e. O shean bha e 'na àbhaist 'nuair a bhitheadh armailt a' meàrsadh, a bhi cur theachdairean air thoiseach orra; chum inneadh gu'n robh iad a' tarruing dlùth agus ulluchadh air an son, le bhi cur gach cnap-starra as an rathad; le bhi réiteachadh rathaidibh mòra, na aléibhtean a dheanamh còmhnard, agus na gleanntan a lionadh suas.

A thaobh Eoin tha e 'ciallachadh, gu'n robh e air a chur, chum gach cnap-starra chur a's an rathad, agus an sluagh' ulluchadh f'a chomhair teachd a' Mhesias; mar roimh-ruith-fhear a bha dol air thoiseach air armailt chum ulluchadh f'a chomhair an teachd.

4. "A chulaidh aig Eoin do fhionna chàmhal." Eideadh. Cha' n e so fionna mìn a' chàmhail o'm bheil eudach air a dheanamh, ris an abrar *camlet;* cha'n e an scòrsa fìnealta a bha air a thoirt o Innsean na h-àird an ear; ach fionna fada, garbh a' chàmhail, o'm bheil eudach garbh agus

5 Chaidh Ierusalem a mach d'a ionnsuidh an sin agus Iudea uile, agus luchd-àiteachaidh na dùthcha timchioll Iordain uile.

6 Agus bhaisteadh iad leis-san ann an Iordan, ag aideachadha[a] am peacanna.

a Gniomh i. 5; ii. 38; xix. 4, 5, 18.

saor air a dheanamh, a tha air a chleachdamh eadhon fathast am measg nan daoine bochda, agus mar an ceudna le manaich. B'ann leis an eudach so a bha, a réir coltais na faidhean an cumantas air an sgeadachadh. 2 Righ i. 8. Sec. xiii. 4.

"Is e bu bhiadh dha locuist." B'e so biadh nan daoine bochda, am measg nan Greugach, bha chuid a bu bhochduinne do'n t-sluagh cleachdta r'an itheadh; agus air do Eoin a bhi 'g an itheadh, tha so a' dearbhadh dhuinn a bhochduinn agus inbhe ìosal. Bha e ceadaichte do na h-Iudhaich an itheadh. Lebh. xi. 22. 'S creutairean na locuist a théid air sgiathan, agus tha na h-uiread do sheòrsa ann. Tha na locuist ghorm mu thimchioll da òirleach air fad, agus mu thiughad meur duine; tha'n fheadhainn dhonn mu thimchioll tri òirlich air fad. Tha cumadh a's coltas an locuist gu maith coltach ris an leamnach-uaine. B'iad a h-aon do phlàighibh na h-Eiphit iad. Ecsod. x. Ann an dùthchanna na h-àird an ear tha iad gu maith lìonmhòr; 's tha iad ri'm faicinn nan àireamh cho mòr agus gum bi iad a' dorchadh nan speur; a's an uine ghoirid dh'itheadh iad gach ni air uachdar gruinnd. Tha 'n talamh uile còmhdaichte leo air uairibh fad mhòran mhìltean. Ioel i. 4. Isa. xxxiii. 4. Tha iad air uairibh air an tiormachadh agus air an sailleadh, no air am bleith sìos gu seòrsa bonnaich, &c.

"Mil fhiadhaich." B'i so a' mhil a réir coltais a fhuair e an creagan an fhàsaich. Ghoirte do fhearann a'gheallaidh gu minic, am fearann a bha 'sruthadh le mil agus bainne. Ecsod. iii. 8, 17; xiii. 5. Bha seilleinnean air an gleidheil le mòran cùraim; agus bhitheadh gu tric àireamh mòr dhiubh air am faotainn an sgàineadh nan craobh, agus an sgoltadh nan creag.

5. "Ierusalem," sluagh Ierusaleim. "Iudea uile," mòran sluaigh o Iudea: cha 'n'eil e 'ciallachadh am pobull uile, ach mòran diubh: bha Ierusalem suidhichte anns an àite sin do'n tìr do'n goirte Iudea. Bha Iudea suidhichte air taobh na h-àird an iar do Ierusalem. Timchioll Iordain uile: làimh ri, no dìùth do Iordan.

6. "Agus Bhaisteadh iad." Bu deas-ghnàth am baisteadh, agus bha e 'ciallachadh sinn a bhi air ar glanadh o'r peacanna, agus air ar deanamh freagarrach air son seirbhis Iehobhah. Am modh air an robh e air a ghnàthachadh le Eoin, bu deas-ghnàth e bha 'ciallachadh gu robh neoghloin air a cur air falbh; agus gu'm b'e an rùn a nis a bhi glan araon an cridhe agus fìon an caitheamh-beatha. Tha 'm focal Eabhra (T'bal) a tha air eadar-theangachadh leis an fhocal "baisteadh" a' tachairt oirnn an àite no dha 'san t-Seann Tiomnadh: gheibhear e air a chur sìos anns na h-àiteachan a leanas:—Lebh. iv. 6; xiv. 6, 51; Aireamh xix. 18; Rut ii. 14; Ecsod. xii. 22; Deut. xxxiii. 24, Esec. xxiii 15; Iob ix. 31; Lebhit ix. 9; 1 Sam. xiv. 27; 2 Righ v. 14, viii. 15; Gen. xxxvii. 31; Ioshua iii. 15. Cha 'n 'eil e 'tachairt oirnn an àite air bith eile: agus le bhi 'ceasnachadh agus a' beachdachadh air na h-earrannan so; 's e an aon dòigh air an urrainn duinn fìor bhrìgh an fhocail fhaotainn am measg nan Iudhach; o na h-earrannan so chithear gur e fìor bhrìgh an fhocail ni a thumadh an uisge no an ni air bith eile, a chum a chrathadh a rithist. Tumadh a' mheòir, "'s e sin cuid do'n mheur" ann am fuil, gu leòir a chum crathaidh, Lebh. iv. 6; tumadh hiosop ann an uisge a chum crathaidh, Aireamh xix. 18; tumadh mìr arain am fìon-geur Rut ii. 14; dath no stéinneadh, Esec. xxiii. 15; tilgeadh an dìg a chum eudach a shalachadh, Iob ix. 31; tumadh barr a' bhata am mil, 1 Sam. xiv. 27; tumadh ann an Iordan, an ni a tha air a ràdh ri Naaman an Sirianach, 2 Righ v. 14. B'i àithne an fhàidh e g'a nigheadh féin R. 10, ni a tha "leigeil ris duinn, gu'n robh e 'g amharc air "nigheadh" agus baisteadh a bhi 'ciallachadh an t-aon ni: tumadh searadair air son a sgaoileadh air aodann duine 'chum a thachdadh, 2 Righ. viii. 15. Cha'n urrainn da a bhi air a leigeil ris o aon do na h-earrannan so gur e brìgh an fhocail a bhi 'tumadh gu h-iomlan.

Tha am focal anns an Tiomnadh Nuadh ceithir fichead uair; tha e seachd-deug a's da fhichead uair air a chleachdamh a thaobh "dhaoine;" agus do'n t-seachd-deug a's da fhichead uair sin tha e air a leantuinn leis an fhocal "ann" *in* (εν) ochd uairean deug—anns an uisge, anns an fhàsach, ann an Iordan; naoi uairean leis an fhocal "gu" no a "dh'ionnsuidh," *into* (εις); aon uair tha e air a leantuinn leis an fhocal "ann" *in* (εν), Gniomh ii. 38; agus da uair leis an fhocal "air son" *for* (υπερ), 1 Cor. xv. 29.

Tha lagh Mhaois ag òrduchadh iomadh seòrsa glanaidh a's baistidh anns am bheil uisge air a ghnàthachadh air iomadh dòigh, mar shamhladh air glanadh an anama o chionta a' pheacaidh; agus a chum 's gum bitheadh na sagartan agus an sluagh a' deanamh seirbhis do Dhia air mhodh taitneach. Thàinig e an sin uigh air n-uigh gu bhi na chleachdamh anns an Eaglais Iudhach, a bhi 'baisteadh na muinntir sin a bha air an lompachadh gu an

7 Ach an uair a chunnaic e mòran do na Phairisich, agus do na Sadusaich a' teachd a chum a bhaistidh-san, thubhairt e riu, A shìol[b] nan nathraiche nimhe, cò a thug rabhadh dhuibh-sa teicheadh[c] o'n fheirg a ta ri teachd?

b Isa. lix. 5; Mat. xii. 34; xxiii. 33; Luc. iii. 7. *c* Ier. li. 6; Rom. i. 18.

creidimh o na Cinnich: araon fear a's bean, cho maith ris na fir a thimchioll-ghearradh. Bha so a' filleadh gu'n robh iad 'g an cunntas neò-ghlan annta féin, agus nach robh iad iomchuidh air a bhi 'g an aonadh féin ri co-thional an Tighearna, gus am bitheadh iad air an glanadh o'n staid 'san robh iad roimhe.

Ach ged a bha baisteadh air a ghnàthachadh roimhe so, fathast bha Eoin air leth ann a bhi 'baisteadh a dheisciobul, ged bha iad roimhe so 'nan Iudhaich, agus a' deanamh eadar-dhealachaidh a thaobh fir no mnathan; no thaobh nam beusan no a' ghnàthachaidh a dh'fheudadh a bhi aca roimhe so; a' leigeil ris dhoibh mar so, gu'n robh iad uile araon a thaobh nàduir agus gìhlain, peacach agus truagh; agus nach b'urrainn iad a bhi air an leigeil a stigh am measg fìor phobull Dhé, ni's lugha na gum bitheadh am peacanna air an glanadh anns an tobar sin a bha Criosd an ùine ghoirid 'dol a dh'fhosgladh d'a shluagh. Bha so air a dheanamh le òrdugh Dhé (Eoin i. 33); ach ged a bha am baisteadh aig Eoin air a ghnàthachadh air a' mhodh so, 's ann mu'n robh an t-òrdugh so air a shuidheachadh gu bhi a' cheud sàcramaid agus seula a' Chùmhnaint Nuaidh, mar a bha an timchioll-ghearradh do'n t-Seann Tiomnadh; fathast cha bhitheamaid ag amharc air mar an t-aon ni a's baisteadh Criosduidh; ach 's ann a bhitheamaid ag amharc air mar sheulachadh a bha ri marsuinn air son an àma, agus dol air thoiseach air an atharrachadh sin a bha ri tachairt uigh air n-uigh an ùine ghoirid: 'nuair a bhitheadh an Seann Tiomnadh air a chur air chùl, agus an Cùmhnant Nuadh air a shuidheachadh gu follaiseach 'na àite. Cha robh Baisteadh mar a bha e air a ghnàthachadh le Eoin ris an timchioll-ghearradh a chur air chùl; oir cha 'n'eil e soilleir gu'n do bhaist Eoin feadhainn sam bith ach iadsan a bha air an timchioll-ghearradh; mar do bhaist e na mnathan am measg nan Iudhach, ni nach 'eil air innseadh dhuinn, ged is ni e a tha ro choltach. Cha'n urrainn duinn a smuaineachadh "gu'n do bhaist e an ainm an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh;" no gu'n robh Iosa air a bhaisteadh air a' mhodh so. Ni h-eadh tha e soilleir gu'n d'rinn e ni tha calg-dhìreach na aghaidh so. (Faic mìneachadh air Gniomh xix. 2, 3) Agus a réir coltais cha do chleachd deisciobuil Chriosd an seòl àraidh so anns a' bhaisteadh Chriosduidh gus an déigh aiseirigh ar Tighearna. Tha e mar an ceudna soilleir gu'n robh cuid d'an deachaidh baisteadh Eoin a fhrithealadh, d'an deachaidh am baisteadh Criosduidh a fhrithealadh an uair a bha iad air an gabhail a stigh do Eaglais Chriosd; oir cha 'n urrainn duinn a smuaineachadh nach robh cuid do'n t-sluagh a chuala Peadar air là na Cuingis 'nan deisciobuil aig Eoin: dh'earalaich e iad uile a bhi air am baisteadh an ainm Iosa. An sin bhaisteadh iadsan a ghabh r'a fhocal gu toileach, agus an là sin féin chuireadh riu timchioll tri mìle anam. Gniomh. ii. 38–41. Air an aobhar sin, cha'n ionann baisteadh Eoin agus am baisteadh Criosduidh, agus cha chòir argumaidean a tharruing o'n dara h-aon a thoirt chùl-taice do'n aon eile. Cha 'n'eil e soilleir gu'n do bhaist Eoin ach iadsan a bha air teachd gu aois; a chionn bha an timchioll-ghearradh fathast air a chleachdamh mar cheud òrdugh, agus mar sheula a' chùmhnaint; agus air an aobhar sin cha 'n'eil sinn a' leughadh gu'n do bhaist e teaghlaichean mar a rinn na h-abstoil. B'e Iudhaich a bha air tighinn gu aois agus a bha air deanamh aithreachais, agus a bha 'nochdadh an iarrtuis a bhi 'nan luchd-leanmhuinn air a' Mhesias d'an robh Eoin a' frithealadh a' bhaistidh.—*Scott.*

7. "Na Phairisich agus na Sadusaich." Am measg nan Iudhach bha tri droing no luchd co-bharail àraidh. 1 Na Phairisich, 2 na Sadusaich, 3 na h-Essenich. Tha iomradh air a dheanamh air luchd co-bharailean eile 'san Tiomnadh Nuadh a bharr orra so, ach cha robh iad a chòir cho lìonmhor; mar a tha na Herodianaich, agus na Galileich. 1. B'iad na Phairisich an dream bu lìonmhoire, agus bu shaibhire am measg nan Iudhach; fhuair iad an t-ainm so o'n fhocal Eabhra "Pharash," a tha 'ciallachadh cur airl eth, no bhi sgairte o mhuinntir eile; a chionn gu'n robh iad dealaichte o'n chuid eile d'an luchd dùthcha air son teanntachd àraidh ann an nithibh a bhuineadh do chreidimh. B'iad na beachdan àraidh a chum iad a mach an fheadhainn a leanas: 1 gu'n robh na h-uile nithe a' tachairt le Dàn; 2 gu'n robh anama dhaoine neo bhàsmhor, agus gu'n robh iad aona chuid an sonas no an truaighe shiorruidh an taobh thall do'n uaigh; 3 gu'm bitheadh na mairbh air an togail; 4 gu'n robh araon aingeil mhaith agus dhona ann; 5 gu'n robh e mar fhiachaibh air Dia caoimhneas àraidh a nochdadh do na h-Iudhaich; 6 agus gu'n robh iad air am fìrinneachadh le deadh thoillteanas Abrahaim. Bha iad uaibhreach, àrdanach, féin-fhìrinneach; agus rinn iad dìmeas a's tàir mhòr air na daoine cumanta, no iadsan a bha ìosal an inbhe, Eoin vii. 49. Bha iad uaibhreach 'nan soradh, a' deanamh ùrnuigh aig oisinnean nan

8 Air an aobhar sin thugaibh a mach toradh iomchuidh do'n aithreachas.

9 Agus na smuainichibh a ràdh annaibh féin, A ta Abraham 'na athair againn: oir a ta mi ag ràdh ribh, gur comasach Dia air clann a thogail suas a dh' Abraham do na clochaibh sin.

10 Agus a nis a ta an tuadh air a cur ri freumh nan crann: air an aobhar sin, ge b'e crann nach toir a mach toradh maith, gearrar[d] e, agus tilgear san teine e.

11 Gu deimhin a ta mise 'gur baisteadh le h-uisge[e] chum aithreachais; ach an ti a thig a'm' dhéigh, is cumhachdaiche e na mi, agus cha'n airidh mise air a bhròg[f]an a ghiùlan: baistidh esan sibh leis an Spiorad Naomh, agus le teine:

12 Aig am bheil a ghuit 'na làimh, agus glanaidh[g] e gu ro bhaileach 'ùrlar-bualaidh, agus cruinnichidh e a chruithneachd d'a thigh-tasgaidh; ach loisgidh e am moll le teine nach feudar a mhùchadh.

13 An sin thàinig Iosa o Ghalile gu Iordan a

d Eoin xv. 6.

e Luc. iii. 16. Gniomh. xiv. 4. *f* Gniomh. i. v. *g* Mal. iii. 2, 3.

sràidean, agus ag iarruidh cliù o dhaoine le bhi 'tabhairt seachad an déirc; dh'iarr iad gu h-àraidh a bhi glan o'n taobh am muigh, agus ghabh iad aire mhòr a thaobh an ni so. A bharr air na laghanna sgrìobhta, bha mòran eile aca a chum iad a mach, a thàinig a-nuas o Mhaois tre, bheul-aithris: ged a bha iad an cumantas mar a dh'aimmich mi cheana, fathast bha cuid dhiubh a bha 'nan daoine maith. Faic Gniomh. v. 43.

II. "Na Sadusaich." Tha e air a smuaineachadh gu'n d'fhuair iad an t-ainm so o Shadoc, a bha beò mu thimchioll 260 bliadhna roimh theachd Chriosd. B'e sgoilear, no deisciobul e do Antigonius Sochaeus, uachdaran an sanhedrim, no àrd chomhairle na rìoghachd. Theagaisg e mar an dleasdanas a bha mar fhiachaibh air daoine, seirbhis a dheanamh do Dhia, gu'n dòchas a bhi aca ri duais, no eagal roimh pheanas; ach cha do thuig Sadoc gu ceart beachdan a mhaighstir, agus 's ann a tharruing esan uaith so argumaidean nach robh a leithid idir ann. Tha na beachdan eile a bha iad a' cumail a mach uile co-cheangailte ris a' bheachd so. 1. Nach 'eil aiséirigh, no aingeal, no spiorad ann, Mat. xxii. 23. Gniomh. xxiii. 8; agus gu bheil anam an duine a' bàsachadh leis a' chorp. 2. Cha do chreid iad ann an Dàn. 3. Chuir iad cùl ris gach beul-aithris, agus cha ghabhadh iad gnothuch ri ni air bith ach ri leabhraichean an t-Seann Tiomnaidh a mhàin. Cha robh iad a chòir cho lionmhor ris na Phairisich, ach bha mòran diubh 'an inbhe àird, agus bha cuid dhuibh air an àrdachadh gus an Ard-shagartachd.

III. "Na h-Essenich." B'e so an treas luchd co-bharail am measg nan Iudhach, ach cha 'n' eil iomradh air a dheanamh m'an timchioll anns an Tiomnadh Nuadh. Bha atharrachadh beachd aca o na Phairisich agus na Sadusaich; bha iad nan aonarain a' caitheamh ach beagan d'an ùine an cuideachd, gu h-àraidh am measg àitean uaigneach; air an aobhar sin, a réir coltais cha do thachair iad ach gu maith ainmig, ma thachair iad idir air an t-Slànuighear.

"A shùol nan nathraiche nimhe." Tha nathraichean gu minic 'nan samhladh air seòltachd, gliocas, a's air aingidheachd. Bithibh-sa glic mar na nathraiche, tha e a' ciallachhadh gliocais. Am measg nan Iudhach, bha an nathair 'na samhladh air gliocas, seòltachd, &c. tha e 'na shamhladh anns an àite so air aingidheachd.

"O'n fheirg a ta ri teachd." Tha Eoin ag innseadh 'iongantais anns an àite so, gu'm bitheadh peacaich cruadhaichte cho mòr an aingidheachd, agus cho cealgach 's a bha iadsan, air an iompachadh, gu teicheadh o'n fheirg a ta ri teachd: 's e sin fearg Dhé, no an dìoghaltas a bhitheas air a ghabhail air na h-aingidh. Faic 1 Tesal i. 10; ii. 16.

8. "Thugaibh a mach toradh, &c." 'Se sin toradh iomchuidh, ath-leasachadh beatha, dearbhadh iomchuidh gu bheil sibh dìleas. Na toiribh cealgaireachd chuin na h-oibre so; na toir leat do chealgaireachd maille ri t'aidmheil, ach thoir dearbhadh air do dhìlseachd le bhi 'treigsinn a' pheacaidh: "toradh" giùlanais, "iomchuidh do'n aithreachas." Faic Mat. vii. 16—19.

9. Bha iad a' smuaineachadh gum bu leòir fìrinneachadh dhoibh, gu'n robh iad air tighinn o dhuine cho naomh ri Abraham. Eoin viii. 33—37, 53. Thubhairt Eoin riutha gum bu bheag maith a bha an so an sealladh Dhé, a chionn o chlachaibh Iordain bha e an comas do Dhia clann a thogail do Abraham. A réir coltais 's e 's brìgh da so, gu'n robh e ni bu chomasaiche do Dhia, o na clachaibh sin, clann a thogail a bhitheadh airidh air Abraham, no bhi coltach ris; na sibhse a chionn gur ann o Abraham a thàinig sibh, a dheanamh: a tha cho uaibhreach a's cealgach, gu bhi 'nar buill do rìoghachd a' Mhesias: cha dean breith, no inbhe àrd feum air bith far nach 'eil fìrfhnteachd beatha.

10. Tha, le bhi 'cur na tuaidhe ri freumh nan crann, a' leigeil ris duinn gu bheil a' chraobh ri bhi air a gearradh. Tha 'm focal gu fìor air a shearmonachadh, agus air an aobhar sin tha ar giùlan a's ar caitheamhbeatha ri bhi air an geur rannsachadh, a's ri bhi air an sgrùdadh; agus cha dean innleachd, no seòltachd, no cealgaireachd feum air bith. Tha daoine ri bhi air an dearbhadh le'n gnìomharan, cha 'n ann tre an inbhe, no an aidmheil: mothachaidh am freumh am builleach, agus tuitidh a' chraobh neothorrach sìos.

Tha so 'na shamhladh freagarrach, agus aon a tha 'toirt bagraidh gu maith soilleir air feirg ri teachd. Bha Eoin ag amhare air a luchd-éisdeachd mar fheadhainn a bha 'deanamh aidmheil glé thaitneach, mar chraobhan fo bhlàth; ach dh'innis e dhoibh gum bu chòir dhoibh-san mar an ceudna toradh a ghiùlan cho maith ris na craobhan sin. Cha bu leòir aidmheil a dheanamh air aithreachas: dh'fheumadh iad le caitheamh-beatha diadhaidh a nochdadh gu'n robh an aidmheil fìor.

11. Bha seòrsa fiodha air a cheangal ri bonn nan cas, a chum an cumail o chlachaibh geura 's mar an ceudna o'n ghaineamh loisgeach, ris an goirte (*sandals*) bonn-bhròg an; bha learach air a chleachdamh na dhéigh so: cha robh uachdar na coise air a chòmhdachadh idir, ach bha a' bhròg so air a ceangal le iallaibh; chuir daoine iad so dhiubh 'nuair a dh'inntrich iad tigh, a's chuir iad orra iad an uair a dh'fhàg iad an tigh sin. B'e gnothuch nan seirbhiseach a b'isle na bròg an so fhuasgladh, bu dleasdanas gu maith slìmplidh e; agus tha Eoin ag ràdh nach b'airidh esan a bhi na sheirbhiseach dhàsan a bha ri teachd na dhéigh.

"Baistidh esan sibh," cuiridh e a Spiorad Naomh d'ar n'ionnsuidh. Tha Spiorad Dhé gu maith tric air a chomharrachadh a mach dhuinn, a bha air a dhòrtadh a mach air a shluagh. Gnath-fhocal i. 23; Isa. xliv. 3; Ioel ii. 28, 29; Gniomh. ii. 17, 18. Tha baisteadh an Spiorad Naoimh air an aobhar sin a' ciallachadh an t-aon ni agus a bhi 'cur a bhuaidhean a chum an t-anam iompachadh, a ghlanadh, agus a stiùradh air an t-slighe gu glòir.

"An Spiorad Naomh." An treas pearsa do'n Trìonaid ghlòrmhor, agus 's e oifig a bhi ag ath-nuathachadh, a' soilleireachd, ag iompachadh, agus a bhi 'toirt comh-fhurtachd do'n anam. Bha e air a ghealltuinn leis an t-Slànuighear, chum dearbh-shoilleireachd a thoirt do'n t-saoghal mu pheacadh, Eoin xvi. 8. A chum na deisciobuil a theagasg, Eoin xiv. 26; xvi. 13. Mar chomh-fhurtachd dhoibh 'nuair a bhitheadh e as an làthair, Eoin xiv. 18; xvi. 7. 'Se bheir atharrachadh air a' chridhe, Titus iii. 5. Tha, bhi air am baisteadh leis an Spiorad, a' ciallachadh gu'n cuireadh am Mesias a dh'ionnsuidh an t-saoghail buaidh mòran ní bu chumhachdaiche na bha 'dol an lorg searmonachaidh Eoin. Cha toireadh a mhinistreileachd-san atharrachadh o'n leth a muigh a mhàin, ach mar an ceudna air a' chridhe, air na h-aignibh, agus air an anam; agus mar so a' toirt mu'n cuairt atharraichean mòr am measg beatha dhaoine. Faic Gniomh ii. 17, 18.

"Le teine." Tha mìneachadh n'a dha air a thoirt do na briathraibh so; tha cuid a' smuaineachadh gu bheil e 'ciallachadh na trioblaidean, 's a' gheur-leanmhuinn leis am bitheadh daoine air an dearbhadh o'n t-soisgeul; cuid eile gu bheil am focal "teine" a' ciallachadh breitheanas no fearg. Bha cuid d'a luchd-éisdeachd a bhaisteadh e leis an Spiorad Naomh, ach na h-aingidh, le teine a's dìoghaltas: tha teine 'na shamhladh air dìoghaltas. Faic Isa. v. 24; lxi. 24. Bhitheadh ministreileachd a' Mhesias gu maith cumhachdach, deuchainneach: a bhitheadh a' sgrùdadh 's a' dearbhadh nan uile. Bhitheadh mòran air an iompachadh, agus cha bhitheadh iadsan nach robh 'nam fìor iompachain comasach an rannsachadh so a sheasamh; agus air an aobhar sin, bhitheadh iad air an sguabadh air falbh.

12. "A ghuit," "ùrlar-bualaidh." Bha an t-ùrlar-bualaidh air a dheanamh anns a' mhachair: cha robh aona chuid còmhdachadh air, ni mò a bha balla mu'n cuairt air. Bhitheadh e an cumantas deich troidhe fichead air àirde; agus air a dheanamh còmhnard le bhi air a roladh, agus a bhi 'saltairt air. Bha àite àrd air a shònrachadh chum e a bhi tioram, agus mar an ceudna, a chum glanadh an t-sìl. Bha an sìol a'n cumantas air oibreachadh le daimh, no bha e air uairibh air a bhualadh le sùistean. An déigh dha bhi air a bhualadh bha e air fhasgadh: bha an sìol an sin air a sgaradh o'n t-salachar a's o'n mholl gharbh le criathar; agus an sin, air a ghlanadh ni b' fhaide leis a' ghuit—inneal air son gaoth a thogail. Tha ghuit air a cleachdamh fathast am measg dhùthchannan na h-àird an ear. "Glanaidh e," 'se sin cuiridh e am moll no an salachar air falbh.

"Tigh-tasgaidh," 'se sin, far am bitheadh an sìol, no an cruithneachd air a chur. "Nach feudar a mhùchadh," teine a loisgeas e suas gu buileach.

Leis an ùrlar an so, tha am pobull Iudhach air an samhlachadh dhuinn;

dh'ionnsuidh Eoin, chum gu'm biodh e air a bhaisteadh[x] leis.

14 Ach bhac Eoin e, ag ràdh, A ta feum agamsa bhi air mo bhaisteadh leatsa, agus am bheil thusa a' teachd a m' ionnsuidh-sa?

15 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, Leig *do'n chuis a bhi mar* so a nis: oir mar so is iomchuidh dhuinn gach uile fhìreantachd a choimhlionadh. An sin dh'fhulaing e dha.

16 Agus an uair a bhaisteadh Iosa, chaidh e air ball suas as an uisge; agus, feuch, dh'fhosgladh nèamh dha, agus chunnaic e Spiorad Dé[i] a' tuirling mar choluman, agus a' teachd air-san:

17 Agus, feuch, guth o nèamh, ag ràdh, Is e so mo[k] Mhac gràdhach, anns am bheil mo mhòrthlachd.

h Mar. i. 9; Luc. iii. 21.
i Isa. xi. 2; xliii. 1; lxi. 1; Eoin iii. 34.

CAIB. IV.

AN sin threòraicheadh[a] Iosa leis an Spiorad do'n fhàsach, chum gu'm biodh e air a[b] bhuaireadh leis an diabhul.

2 Agus an uair a thraisg e dà fhichead là agus dà fhichead oidhche, an déigh sin bha ocras air.

3 Agus air teachd do'n bhuaireadair d'a ionnsuidh thubhairt e, Ma's tu Mac Dhé, thoir àithne do na clochaibh so a bhi 'nan aran.

4 Ach fhreagair esan agus thubhairt e, A ta e

k Salm ii. 7; Luc. ix. 35; Eph. i. 6; 2 Pead. i. 17. *a* 1 Righ xviii. 12; Esec. xi. 1, 24; Gniomh. viii. 39. *b* Marc. i. 12; Luc. iv. 1.

leis a' chruithneachd, na fìrinnich, no pobull an Tighearna; leis a' mholl na h-aingidh. Tha iad gu minic air an samhlachadh dhuinn 's a' Bhìobull a bhi air am fuadach leis a' ghaoith, Iob xxi. 18; Salm i. 4; Isa. xvii. 13; Hos. xiii. 13. Tha iad mar an ceudna air an samhlachadh ri moll a tha an teine a' losgadh, Isa. v. 24. Leis an teine nach feudar a mhùchadh an so, tha air a chiallachadh fulangas siorruidh nan aingidh ann an ifrinn, 2 Tesal. i. 8, 9; Marc. ix. 48; Mat. xxv. 41.

14. Tha e ni 's freagarraiche gu'm bithinn-sa air mo bhaisteadh le do bhaisteadh-sa—leis an Spiorad Naomh, na gu'm bitheadh tusa air do bhaisteadh leam-sa ann an uisge. Is peacach mise, agus air an aobhar sin, neo-airidh am baisteadh a fhrithealadh do'n Mhesias.

15. "Mar so is iomchuidh dhuinn." Ged tha thusa 'g ad' fhaireachduinn féin neo-airidh, fathast tha e iomchuidh gu'm bitheadh e air a dheanamh. "Gach uile fhìreantachd." Cha robh peacadh aig Iosa; ach bha e dol a dh'inntrinneachadh air a mhinistreileachd. Agus bha e iomchuidh air an aobhar sin, gu'm bitheadh e air a chur air leth le a roimh-ruith-fhear; agus an dlù-cheangal a bha aige ris a nochdadh; agus gu'n robh e taitneach 'na shùilean na nithe a rinn Eoin.

16. "As an uisge." Anns a' Ghreugais, *o'n uisge.* "Dh' fhosgladh nèamh dha," bha so air a dheanamh an uair a bha e ri ùrnuigh, Luc. iii. 31. Ma 's e 's gu'n amhairc sinn ri Dia anns na h-òrduighean, feudaidh sinn cinnt a bhi againn gu'm beannaich e sinn; bithidh nèamh air 'fhosgladh, agus ni solus dèarrsadh air ar slighe. Le nèamh a bhi air 'fhosgladh, tha sinn ri bhi 'tuigsinn, gu'n robh e air a cheadachadh dha sealladh fhaotainn ni b'fhaide stigh do na nèamhan, n'a b'urrainn da fhaicinn le 'shealladh nàdurra. "Chunnaic e," chunnaic Eoin. "Spiorad Dé,' Faic R. 11. B'e so treas pearsa na Diadhachd a' tighinn a nuas, cha 'n ann an coslas columain, ach an itealaich bhòidheach sin aige a bhitheas aig a' choluman, Luc. iii. 22. Bha gibht an Spioraid Naoimh, air a' mhodh fhollaiseach so, a' nochdadh dhuinn gu'n robh Dia air gabhail ris; agus bha e mar an ceudna 'na chomhara gu'n robh e air a chur air leth chum oifig a' Mhesias. Bha e gu follaiseach air a chur air leth chum 'oibre; agus air làn ghabhail ris, anns an oifig d'an robh Dia air a shònruchadh.

17. "Guth o nèamh." Guth o Dhia, a réir coltais air a chluinntinn leis na h-uile a bha làthair. Bha an guth, no an fhuaim so air a chluinntinn mar an ceudna air an t-sliabh far an robh e air a chruth-atharrachadh, Mat. xvii. 5; Luc. ix. 35, 36; 2 Pead i. 17. Bha e mar an ceudna air a chluinntinn beagan roimh àm a bhàis, Eoin, xii. 28—30; bu thaisbeanadh follaiseach e gu'm b'e Criosd am Mesias. "Mo Mhac gràdhach." 'Se so an ni a thubhairt e féin mu thimchioll Iosa: tha e 'leigeil ris dlùthas a dhàimh ri Dia, agus meud a' ghràidh a bha aig Dia dha, Eabh i. 2: tha e 'filleadh a stigh ann gu'n robh e co-ionann ri Dia, Eabh. i. 5—8: Eoin x. 5—8; Eoin x. 29—33; xix. 7. Anns am bheil mo mhòr-thlachd.

Ann an searmonachadh Eoin, tha sinn a' faicinn eisempleir air ministear dìleas do Dhia. Cha deanadh aona chuid saibhreas no inbhe àrd a luchdeisdeachd, eagal a chur air-san a bha ag innseadh na fìrinn gu follaiseach a thaobh an caitheamh-beatha agus an giùlain. Ghairm e nithe air an ainm cheart, cha do gabh e leth-sgeul air son am peacanna; chuir e iad fa chomhair an sùl, agus chuir e na bagraidhean freagarrach an céill. Bu chòir do mhinistearan an t-soisgeil gu léir so a dheanamh; agus mur dean, mo thruaighe! iadsan a tha air an cur a mach mar theachdairean do Chriosd.

Ann an Eoin tha mar an ceudna eisempleir againn air irioslachd. Bha 'shaothair air a beannachadh gu mòr; bha iadsan a bha àrd an inbhe, agus mòr 'san t-saoghal fo 'éisdeachd; agus air an aobhar sin, dh'fheudadh se e féin àrdachadh an urram an t-saoghail. Ach fathast, ghléidh se e féin air leth o'n t-saoghal; agus labhair e mu neach a bha aig làimh, a bha mòran n'a b'fhearr a's n'a b'àirde na esan.

Bu chòir do gach ministear dìleas aig Criosd a' cheart ni a dheanamh. Cia cho mòr 'sa bhitheadh gnothuichean a' soirbheachadh leis? A bhi 'gnàth-ghleidheil Uan Dé 'na inntinn; agus a bhi toileach—ni h-eadh, a bhi deanamh gairdeachais ann a bhi toirt cliù do Dhia air son mar shoirbhich e le 'shaothair.

Bha gach ni mu thimchioll obair Iosa mìorbhuileach: bha e ionann ri Dia, Slànuighear dhaoine, an t-Uile-chumhachdach, a's Prionnsa na sìthe, Isa. ix. 6. Agus bha e iomchuidh gu'm bitheadh guth o nèamh 'g a fhoillseachadh, gu'm bitheadh ainglibh a' trithealadh dha, agus gu'm bitheadh an Spiorad Naomh a' deanamh ainmeil a bhaistidh le a làthaireachd. Agus tha e iomchuidh gu'm bitheadh-mide air son an d'thàinig e a dh'ionnsuidh an t-saoghail, a' toirt ar gràdh is àirde, ar n'ùine, ar cridheachan, eadhon ar beatha féin dhasan a ghràdhaich sinn 'sa dhòirt 'fhuil phriseil air ar son.

CAIB. IV.—1. "Fasach." Faic Mat. iii. 1. "An Spiorad." Tha Luc. iv. 1, ag ràdh gu'n robh Iosa làn do'n Spiorad Naomh. 'Sann o ghràsan an Spioraid a chaidh Iosa do'n fhàsach.

"Air a bhuaireadh." Tha'm focal 's a' Ghreugais a' ciallachadh a bhi 'feuchainn, a bhi 'feuchainn ni a dheanamh, no nàdur ni fheuchainn; an sin buaidhean na h-inntinn a dhearbhadh le bhi 'brosnachadh suas nan tograidhean chum uile. 'Se so a' bhrìgh anns an àite so. "Diabhul." Tha an t-ainm so air a thoirt do cheann-feadhna nan droch ainglibh. Tha e air a chomharachadh a mach dhuinn mar neach làn seòltachd, furmaid a's fuath do'n chinne-daona. Goirear dheth mar an ceudna Sàtan, Iob i. 6—13; Mat. xii. 26; Beelsebub, Mat. xii. 24; an t-seann nathair, Taisb. xii. 9, uachdaran cumhachd an athair, Eph. ii. 2.

2. "A thraisg e," a dh'fhan e gu'n bhiadh itheadh. "Da fhichead là agus da fhichead oidhche." Tha cunntas againn air daoine eile anns na Sgriobtuiribh a thraisg ré da fhichead là—Maois, Ecsod. xxxiv. 28; Eliah, 1 Righ xix. 8. D'an taobh so, cha 'n'eil teagamh nach robh iad air an cumail suas air dòigh mhìorbhuilich a thaobh-éigin.

3. "Buaireadair," an diabhul, no Sàtan. Faic 1 R. "Ma's tu Mac Dhé," ma's tu am Mesias, Mac Dhé féin—an sin 's éigin gu bheil cumhachd agad mìorbhuil a dheanamh; agus a nis tha cothrom gu maith freagarrach agad a nochdadh gur tu gu fìrinneach Mac Dhé.

"Thoir àithne do na clachaibh so;" na clachan a bha 'nan luidhe mu'n cuairt air 'san fhàsach. Cha robh buaireadh sam bith a bha cho dàicheil gu buaidh fhaotainn thairis air ris an aon so. Thubhairt Iosa féin gu'm b'e Mac Dhé, Caib. iii. 17; agus a nis bha cothrom aige a dhearbhadh gu'm b'e sin gu fìrinneach. Bha an suidheachadh 'san robh e gu maith freagarrach air son a' mhìorbhuil so a chur an gnìomh. "An so tha thu" (b'i cainnt Shàtain,) "ocrach, air do thilgeadh a mach, leat féin, feumail, bochd; agus fathast 's tu Mac Dhé! Ma tha an cumhachd so agad nach b'fhurasda dhuit t'iarrtus a shàsuchadh! Nach annaideach an ni e, mata, do Mhac Dhé, aig am bheil na h-uile cumhachd, a bhi 'dol bàs le gorta 's an dòigh so, 'nuair a tha e na chomas le aon fhocal a chumhachd a nochdadh, agus uireasbhuidh fhaotainn!"

4. Mar fhreagradh do'n bhuaireadh sheòlta so, thug Criosd earrann air aghaidh o'n t-Seann Tiomnadh, Deut. viii. 3. Anns an earrainn sin thàtar a labhairt a thaobh a' mhana. Tha Maois ag ràdh gu'n d'irioslaich an Tighearna an sluagh, agus gu'n do bheathaich e iad le mana, seòrsa bìdh a bha neochumanta, a chum gu fòghlumadh iad nach ann le h-aran a mhàin a bheathaichear duine, ach gu'n robh nithe eile air son a' chuirp a chumail suas; agus gu'n robh gach ni a dh'òrduich Dia iomchuidh air a shon so.

sgrìobhta, Cha'n ann le h-aran a mhàin a bheathaichear duine,[c] ach leis gach uile fhocal a thig o bheul Dé.

5 An sin thug an diabhul e do'n bhaile naomh,[d] agus chuir e air binnein an teampuill e,

6 Agus thubhairt e ris, Ma's tu Mac Dhé, tilg thu féin sìos: oir a ta e sgrìobhta,[e] gu'n toir e àithne d'a ainglibh mu d' thimchioll, agus togaidh iad suas thu 'nan làmhaibh, chum nach buail thu uair air bith do chos air cloich.

7 Thubhairt Iosa ris a rìs, A ta e sgriobhta, Cha bhuair[f] thu an Tighearna do Dhia.

8 Thug an diabhul e a rìs chum beinne ro àird, agus nochd e dha uile rìoghachdan an domhain, agus an glòir;

9 Agus thubhairt e ris, Iad so uile bheir mise dhuit, ma thuiteas tu sìos agus ma ni thu aoradh dhomhsa.

10 An sin thubhairt Iosa ris, Imich uam, a Shàtain: oir a ta e sgrìobhta, Bheir thu aoradh do'n Tighearna do Dhia,[g] agus dhasan 'na aonar ni thu seirbhis.

11 An sin dh'fhàg an diabhul e; agus, feuch, thàinig aingil[h] agus fhritheil iad da.

12 Ach an uair a chual Iosa gu'n do chuireadh Eoin an làimh, dh'imich e do Ghalile.

c Deut. viii. 3. d Neh. xi. 1; Mat. xxvii. 53. e Salm xci. 11, 12. f Deut. vi. 16. g Deut. vi. 13; 1 Sam. vii. 3. h Eabh i. 6, 14.

'S e is brìgh do'n fhreagradh so: "cha 'n'eil e cho fìor fheumail gu'm bitheadh aran agamsa, agus gu feumainn mìorbhuil a dheanamh air son 'fhaotainn; tha ar beatha an crochadh ri toil Dhé, agus is urrainn dhasan ar cumail suas gun aran: chruthaich e nithe eile chum bhi air an itheadh, agus feudaidh an duine beathachadh air gach ni a tha Dia air òrduchadh dha." O'n bhuaireadh so feudaidh sinn fhòghlum, 1. Gu bheil Sàtan gu minic a'gabhail fath air an t-suidheachadh 'sam bheil sinn. Chum ar buaireadh; tha e gu minic a' buaireadh an dream a tha bochd gu bhi 'gearan, agus a bhi mì-onorach chum an uireasbhuidhean fhaotainn. 2. Tha buairidhean gu minic ni's làidire an déigh ni sam bith a shoirbheachadh leinn. Feuchaidh e gu tric ri ar lìonadh le uabhar agus féin-spéis, 'nuair a tha sìth inntinn againn, nò beachd ùr sam bith air Dia; agus feuchaidh e ri ar brosnuchadh air ar n'aghaidh a chum ni-éigin a dheanamh, ar tarruing air slighe a' pheacaidh. 3. Tha buairidhean gu maith dàicheil: tha iad gu minic ag amharc mar gu'm bitheadh iad 'gar sparradh air ar n'aghaidh chum an ni sin tha maith agus freagarrach. Cha 'n'eil sinn ri smuaineachadh, a chionn gu bheil ni ag amharc maith ann féin, gu'm bu chòir dha bhi air a dheanamh; 'siad cuid do na buairidhean is cumhachdaiche an fheadhainn a bhitheas ag amharc mar gu'm bitheadh iad 'g ad' sparradh a dheanamh an ni sin a tha chum cliù agus glòir Dhé, 4. Tha sinn ri bhi 'cur an aghaidh buairidhean Shàtain, mar a rinn an Slànuighear, eadhon le aithne nan sgriobtuiribh. Tha sinn ri bhi 'feòraich a bheil an ni air 'òrduchadh, agus air an aobhair sin am bheil e ceart a dheanamh; ach cha 'n fheud sinn a bhi 'g amharc air ar beachdan, no ar faireachduinn féin anns a' chùis.

5. "Thug an diabhul e." Tha 'm focal a' ciallachadh gu'n do threòraich Sàtan Iosa, no gu'n deachaidh e maille ris; ach nach robh e air a dheanamh an aghaidh toil Iosa. "Do'n bhaile naomh." Goirear do Ierusalem am baile naomh; bha 'n teampull an sin, agus b'e an t-àite sam bitheadh iad ag aoradh. "Chuir e air binnein an teampuill e," an t-àite sin do'n togail ris an goirear air uairibh sgàil-thigh Sholaimh. Bha an Teampull féin air a thogail air Sliabh Mhoriah; agus bha e, maille ris na lùchairtean agus na sgàil-thighean, a' còmhdach mòran fearainn. Faic mìneachadh air Mata xxi. 12. Bha an Sgàil-thigh air taobh na h-àird a deas, seachd a's tri fichead troidh air leud, agus ceud gu leth troidh air àirde. O mhullach so gu ìochdar a' ghlinne bha tuilleadh a's seachd ceud troidh; agus tha Iosephus ag innseadh dhuinn gur gann a b'urrainn do dhuine amharc sìos gu'n tuainealaich a bhí 'na cheann. 'Sann air a' chuid so, do'n teampull a reir coltais a bha Iosa. Thubhairt Sàtan ris gu'm bu chòir dha e féin a thilgeadh sìos uaith sud: oir nam b'e Mac Dhé nach deanadh e cron sam bith: o na bha gealladh gu'm bitheadh e air a dhìon, Salm xci, 11, 12. Ris an earrainn so do sgriobtur fhreagair Criosd le earrainn eile: a dh'àithn dha gu'n so a dheanamh, Deut. vi. 16. "Cha bhuair thu an Tighearna do Dhia;" 's e sin, cha'n fheuch thu e; no cha bhi thusa, le bhi 'g ad' thilgeadh féin le d' thoil am meadhon chunnartan a tha air an toirmeasg, a' guidhe ri Dia air son dìon; no bhi 'cluich ris na geallanna sin a tha air an toirt dhoibh-san a tha air an tilgeadh am measg cunnairt tre a fhreasdail. Tha e fìor, gu dearbh, gu bheil Dia a' cuideachadh leosan d'a phobull a tha e 'cur gu deuchainn, no gu cunnart; ach cha 'n'eil e fìor gu bheil an gealladh dhoibh-san a tha le 'n dcòin 'g a bhuaireadh air an dòigh so; no gu'n cuidich e leo-san a tha 'cluich ris a' ghealladh.

8. "Beinne ro àird:" a réir coltais, cnoc àrd an coimhearsnachd Ierusalem, far am faiceadh e sealladh mòr do fhearann a' ghealladh. "Uile rìoghachdan an domhain." 'S e sin, fearann Chanaain agus na rìoghachdan a bha dlùth ris. Bha Iudea air a roinn na thri carrannan, d'an goirte rìoghachdan. Tha 'm focal "domhan," gu minic air a chleachdamh 'san t-scadh so: 's e sin, a bhi ciallachadh cuid no roinn mhòr do'n t-saoghal; gu h-àraidh fearann Chanaain. Faic Rom. iv. 13, far am bheil e' ciallachadh fearann Iudah; mar an ceudna, Luc. ii. 1. Faic mìneachadh air an àite so. "An glòir;" an saibhreas, an greadhnachas, bailtean, a's beanntan an fhearainn bhòidhich so.

9. "Iad so uile;" na rìoghachdan sin uile. Bha Sàtan ag agairt còir air na rìoghachdan sin a bhuileachadh air aon neach bu mhiann leis. Bha iad ro aingidh, agus dh'fheudadh e air mhodh glé iomchuidh so a ràdh; air an aobhar sin, bha e 'g agairt còir air an toirt seachad. Bha Sàtan ag amharc air Iosa mar Righ nan Iudhach—mar am Messias. Smuainich e gu'n d'thàinig e a ghabhail seilbh air an dùthaich sin. Bha e bochd, a's e gu'n armachd, gu'n luchd-leanmhuinn. Thàinig Sàtan gu 'chur an seilbh air a thiotadh: gu'n duilgheadas sam bith, na'n deanadh e aoradh dhasan; agus 'aideachadh mar Thighearna no Uachdaran na dùthcha sin —na 'n cuireadh e 'earbsa annsan a roghainn air Dia. "Aoradh dhomhsa." Faic mìneachadh air Mat. ii. 2. Feudaidh iongantas a bhi oirnne air son a dhànadais; ach bha e 'smuaineachadh gu'n robh cridhe an t-Slànuighir anns na rìoghachdan sin. agus gu'n robh iarrtus mòr aige sealbh fhaotainn orra. Bha esan ag agairt còir thairis orra, agus smuainich e nach robh tuilleadh 's a' chòir, na 'n toireadh e iad do Iosa gu'm bitheadh Iosa ag aideachadh an tìodhlaic, agus a thaingealachd air an son. Tha so a' leigeil ris dhuinn cho dàicheil agus a tha buairidhean Shàtain, eadhon far am bheil iad toibheumach; agus cho seòlta 's a dh'fheuchas e an inntinn a mhealladh.

10. B'i so an ionnsuidh bu dàine a thug e, iarraidh air Mac Dhé aoradh a dheanamh do'n diabhul: an àite urram a thoirt dhasan a rinn talamh a's nèamh, gu'n lùbadh e sìos do Phrionnsa an dorchadais. "Tha e sgrìobhta;" Deut. vi. 13.

11. "Dh'fhàg an diabhul e:" dh'fhàg e ré seal e, Luc. iv. 13. Rùnaich e pilleadh a rithist a chum a bhuaireadh agus a mhealladh o Dhia. "Thàinig aingil agus fhritheil iad dha." Faic Caib. i. 20. Thàinig iad a fhrithealadh d'a uireasbhuidh, agus a thoirt comh-fhurtachd dha. Uaithe so uile, feudaidh sinn so 'fhòghlum, 1. Nach 'eil neach sam bith cho naomh 's nach 'eil e buailteach do bhuaireadh: oir bha Mac Dhé fein air a bhuaireadh gu goirt leis an diabhul. 2. 'Nuair a cheaduicheas Dia buaircadh a leigeil 'nar rathad, ni e féin, m'a ni sinn amharc ris-san, gràs a thoirt dhuinn gu cur 'na aghaidh agus buaidh fhaotainn air, 1 Cor. x. 13. 3. Tha sinn a' faicinn seòltachd a' bhuaireadair: tha a bhuairidhean freagarrach air son an àma, agus an t-suidheachaidh anns am bheil sinn. Ciod a b'urrainn a bhi n'a bu fhreagarraiche na'n dòigh a bha e 'feuchainn ri Criosd a bhuaireadh? Bha gach dòigh a dh'fheuch e a' co-chòrdadh r'a shuidheachadh; bha coltas na diadhachd aca—bha iad air an daingneachadh le sgriobtur, air a mhi-ghnàthachadh: ach fathast air a thoirt air aghaidh gu maith seòlta. Cha tig e gu dàna air aghaidh a bhuaireadh dhaoine, ag ràdh gu bheil iad a' cur peacaidh an gnìomh: a chionn chuireadh so daoine air an earalas. 4. 'Se an dòigh is fearr gu bhi cur buairidh fo chois, a bhi 'gnàthachadh sgriobtuir: 'se so a rinn an Slànuighear. Agus gheibh iadsan is fearr a ghlacas claidheamh an Spioraid, ni a 's e focal Dhé mòran ni's fearr air an aghaidh, Eph. vi. 17.

12. Faic cunntas air prìosanachadh Eoin, Mat. xiv. 1—13. "Dh'imich e do Ghalile;" Faic Mat. ii. 22. B'iad na h-aobhair air son an deachaidh Iosa do Ghalile, 1. A chionn gu'n robh inntinn a' phobuill air togail gu mòr le searmonachadh Eoin; agus air an aobhar sin bha e n'a b'fhàbharraiche air son a mhinistreileachd. 2. Bha e freagarrach gu'n rachadh aon àraidh a chuideachadh le Eoin ann an obair an ath-leasachaidh. 3. Cha robh e cho cunnartach dha tòiseachadh an sin air searmonachadh 's a bhitheadh e làimh ri Ierusalem.

13 Agus air fàgail Nasaret da, thàinig e agus ghabh e còmhnuidh ann an Capernaum, a ta ri taobh na fairge, ann an leth-iomall Shabuloin agus Nephtalim:

14. A chum gu'n coimhliontadh an ni a labhradh le Esaias am fàidh,[i] ag ràdh,

15. Talamh Shabuloin, agus talamh Nephtalim, slighe na fairge air an taobh thall do Iordan, Galile nan Cinneach:

16. Am pobull a bha 'nan suidhe an dorchadas,[k] chunnaic iad solus mòr; agus a ta solus air éirigh do na daoinibh a bha 'nan suidhe an tìr agus an sgàil a' bhàis.

17 O sin a mach thòisich Iosa air searmoin a dheanamh, agus a ràdh, Gabhaibh aithreachas, oir[m] a ta rìoghachd nèimh am fogus.

18. Agus ag imeachd do Iosa ri taobh fairge Ghalile, chunnaic e dithis bhràithre, Simon[n] d'an goirear Peadar, agus Aindreas a bhràthair, a' tilgeadh lìn san fhairge: (oir b'iasgairean iad.)

19. Agus thubhairt e riu, Leanaibh mise, agus ni mi iasgairean air daoinibh dhibh.[o]

20. Agus air ball dh'fhàg iad na lìonta, agus lean iad esan.[p]

21 Agus air triall da as a sin, chunnaic e dithis eile bhràithre,[q] Seumas *mac* Shebede, agus Eoin a bhràthair, ann an luing maille r'an athair Sebede, a' càradh an lìon: agus ghairm e iad.

22 Agus air ball dh'fhàg, iad an long agus an athair, agus lean iad e.

23 Agus dh'imich Iosa timchioll Ghalile uile, a' teagasg[r] 'nan sionagogaibh, agus a' searmonachadh soisgeil na rìoghachd,[s] agus a' slànuchadh gach gnè thinnis, agus gach gnè eucail[t] am measg an t-sluaigh.

24 Agus chaidh a chliu feadh Shiria uile: agus thug iad d'a ionnsuidh iadsan uile a bha euslan,

i Isa. ix. 1, 2.
k Isa. xliii. 6, 7; Luc. ii. 32.
m Caib. iii. 2; x. 7.
n Eoin i. 42.
o Luc. v. 10; 1 Cor. iv. 20—22; 2 Cor. xii. 16.
p Marc. x. 28, 31.
q Marc. i. 19, 20.
r Mat. ix. 35; Luc. iv. 15, 44.
s Mat. xxiv. 14; Marc. i. 14.
t Salm ciii. 3; Mat. viii. 16, 17.

13. "Fàgail Nasaret:" a chionn gu'n do thilg luchd-àiteachaidh a' bhaile mach e, agus gu'n do chuir iad cùl ris. Faic Luc. iv. 14—30. "Capernaum:" chaith Iosa mòran ùine—tri bliadhna d'a mhinistreileachd, anns an àite so agus anns a' choimhearsnachd: uaithe so, goirear a bhaile féin deth, Mat. ix. 1.

14, 15. "A chum gu'n coimhliontadh," &c. Faic Isa. ix. 1, 2. Tha Mata 'toirt a bhrìgh, ged nach 'eil e 'toirt fìor bhriathran an fhàidhe. "Galile nan Cinneach." Bha Galile air a roinn 'na dha earrainn: Galile uachdarach, a's ìochdarach. B'e Galile uachdarach, Galile nan Cinneach. Ghoirte so dheth a chionn gu'n robh mòran do na Cinnich a' gabhail còmhnuidh ann. Anns na sgriobtuiribh tha am focal *Cinnich* a' gabhail a stigh na h-uile nach robh nan Iudhaich.

16. "Am pobull a bha 'nan suidhe an dorchadas." Tha e air a ràdh mu 'n timchioll-san a tha aineolach air Dia, agus air an dleasdanas, gu bheil iad ann an dorchadas. Mar a tha aincolas gu minic co-cheangailte ri aingidheachd agus ri droch-bheairt, air a' mhodh cheudna, tha e gu tric a' ciallachadh peacaidh, 1 Thesal. v. 5; Eph. v. 8; Luc. xxii. 53, "An tìr agus an sgàil a' bhàis." Is samhladh freagarrach agus bòidheach so a tha air a chleachdamh mar an ceudna chum peacadh agus aineolas a chomharachadh a mach dhuinn. Tha e gu tric air a ghnàthachadh anns a' Bhìobull; agus a' ciallachadh sgàil dhubh, dhorcha, ragalach, far am bheil bàs a's peacadh a' rìoghachadh: cosmhuil ri fuarachd, taisealachd a's uamhunn ionad-còmhnuidh nam marbh, Faic Iob x. 21; xvi. 16; xxxiv. 22; Salm xxiii. 4; Ier. ii. 6. Tha na briathraibh sin a' nochdadh dhuinn gu'n robh muinntir Ghalile gu maith aineolach agus dall. Tha fios againn gu'n robh an doille iomraiteach, eadhon 'na ghnàth-fhocal. Agus tha so mar an ceudna a' nochdadh dhuinne, iochd agus tròcair an t-Slànuighir ann a bhi dol a shearmonachadh do pheacaich cho bochd, agus air an robh uiread dìmeas a's tàir air a dheanamh. An àite bhi 'g iarruidh nam measg-san a bha saibhir agus fòghluimte, roghnuich e frithealadh do'n uireasbhuidheach, do'n aineolach, a's dhoibh-san air an robh dìmeas a's tàir air a dheanamh. Ann a bhi deanamh so, chuir Iosa eisempleir fa chomhair a luchd-leanmhuinn gu léir. Is e an dleasdanas a bhi 'g iarruidh a mach na muinntir sin a tha 'nan suidhe ann an tìr agus sgàil a bhàis; agus an soisgeul a chur d'an ionnsuidh.

17. Faic Mat. ii. 2.

18. "Fairge Ghalile." Ghoirte dhith, fairgé Thiberias, loch Ghenesaret, agus mar an ceudna fairge Chineret, Aireamh xxxiv. 11; Deut. iii. 17; Iosh. xii. 3. Tha i mu thimchioll cuig mìle deug air fad, agus o shèa gu naoi mìle air leud. Bha mòran bhailtean aig aon àm air an togail ri taobh na fairge so; 'nam measg bha Tiberias, Betsaida, Capernaum, Corasin, Hipo, &c. Tha uisge an locha so milis agus taitneach am blas, agus tha e mar an ceudna gu maith soilleir. Tha mòran éisg fathast anns an loch; agus tha e, mar ann an làithibh an t-Slànuighir, a' toirt obair dhoibh-san a tha 'chòmhnuidh r'a thaobh. Tha e, gidheadh, gu maith buailteach do stoirm, a thaobh nam beanntan àrd a tha g'a chuartachadh. "Simon d'an goirear Peadar." Tha an t-ainn *Peadar* a' ciallachadh carruig, agus 's e an t-aon ni e agus *Cephas*. Faic mìneachadh air Mat. xvi. 18; Eoin i. 42; 1 Cor. xv. 5.

19. "Iasgairean air daoinibh." Ministirean an t-soisgeil d'am bi e na dhleasdanas anaman a chosnadh do Chriosd.

20. "Air ball." A' cheart uair, gu grad—mar bu chòir do na h-uile a dheanamh 'nuair a bhitheas iad air an gairm leis an Tighearn Iosa. "Dh'fhàg iad na lìonta." 'Sann air na lìonta so a bha iad a' tighinn beò: b'iad maith a dh'fheudta an cuid do'n t-saoghal. Le bhi 'g am fàgail air ball, agus 'g a leantuinn-sa, thug iad dearbhadh air an tréibhdhireas. Nochd iad gu'n robh iad toileach a leantuinn gu b'e àite an treòraicheadh e iad. Bu chòir dhuinne mar an ceudna, 'nuair a ghairmeas an Slànuighear sinn, dol gu toileach agus na h-uile nithe thoirt suas d'a làmhaibh-san. "Lean iad esan." 'S e sin, gu'n d'thàinig iad gu bhi nan deisciobuil dhasan, 2 Righ vi. 19.

22. Nochd so cho toileach 's a bha iad Iosa 'leantuinn. Na'm bitheadh e feumail, bu chòir dhuinn athair, màthair, gach uile charaid, agus gach ni saoghalta a tha againn a thréigsinn, Luc. xiv. 26. M'a théid iadsan leinn, agus gu'm bi iad nan Criosduidhean, tha e maith; ach mur téid, fathast, cha bu chòir dhoibh bacadh a chur oirnn. Bu chòir dhuinne bhi 'nar luchd-leanmhuinn air Iosa. Agus an uair a tha sinn a' deanamh so, bu chòir dhuinn a bhi caoimhneil r'ar cairdean; ach fathast, is éigin duinn air na h-uile cor a bhi umhail do Dhia, agus ar dleasdanas a dheanamh dha. Tha sinn a' faicinn an so mar an ceudna na meadhonan iriosal a bhitheas Dia a' gnàthachadh a chum daoine ìompachadh. Roghnuich e iasgairean a chum an saoghal ìompachadh. Agus tha e 'nochdadh gu bheil ar creidimh fìor, a's gur h-e cumhachd Dhé, 'nuair tha e gnàthachadh a' leithid do mheadhonan a dh'atharrachadh cridheachan dhaoine, agus a shaoradh an anama.

23. "Ghalile uile" Faic Caib ii. 22. "Sionagogaibh." Aitean aoraidh, no àitean far an do chruinnich am pobull a dheanamh aoraidh do Dhia. Bha ìobairtean nan Iudhach air an sònruchadh a bhi air an gleidheil ann an *aon* àite, an Ierusalem. Ach cha robh ni sam bith a' toirmeasg aoradh a bhi air a dheanamh an àite air bith eile. Bha na sionagogaibh air an togail an ionadaibh àrda—ann an àite air bith far am bitheadh deichnear dhaoine air am faotainn toileach aonadh ann an aoradh; agus b'iad na h-ionadaibh suidhichte air son aoraidh. Annta so bha an *lagh*, 's e sin, an Seann Tiomnadh, air a roinn na earrannan, air a leughadh; urnuighean air an tairgse suas; agus na Sgriobtuiribh air am mìneachadh. Bha an Lagh air a roinn air dhòigh a's gu'm bitheadh cuig leabhraichean Mhaois, agus cuid do na faidhean, air an leughadh gach bliadhna. Bha na Sgriobtuiribh, an déigh dhoibh a bhi air an leughadh, air am mìneachadh. Bha so air a dheanamh, aona chuid le luchd-dreuchd an t-sionagog, no le aon éigin eile air am bitheadh e air iarruidh leis a' mhinistear a bhitheadh a' saoithreachadh an sin. Bha e 'na chleachdamh aig Criosd agus aig na h-abstoil a bhi 'feitheamh air na sionagogaibh sin, agus a bhi 'labhairt ris an t-sluagh, Luc. iv. 15—22; Gniomh xiii. 14, 15. "Soisgeul na rìoghachd." An sgeul aoibhneis a thaobh na rìoghachd a thàinig esan a chur suas air thalamh; no an sgeul aoibhneis a thaobh teachd a' Mhesias agus nàdur a rìoghachd.

24. Uaith so, tha sinn a' faicinn an cumhachd a bha aig Iosa agus aig a dheisciobuil: ni a tha 'dearbhadh dhuinn gu'n robh Dia maille riu; gu'n

agus a bha air an cuibhreachadh le galaribh, agus iomadh gnè phianta, agus iadsan aig an robh deamhain annta, agus air an robh an tuiteamas, agus luchd pairilis; agus shlànuich e iad.

25 Agus lean cuideachd[u] mhòr e o Ghalile, agus o Dhecapolis, agus o Ierusalem, agus o Iudea, agus o na crìochaibh a ta an taobh thall do Iordan.

CAIB. V.

AGUS an uair a chunnaic Iosa an sluagh, chaidh e suas air beinn; agus air suidhe dha, thàinig a dheisciobuil d'a ionnsuidh.

u Luc. vi. 17, 19.

2 Agus dh'fhosgail e a bheul, agus theagaisg e iad, ag ràdh,[v]

3 *Is* beannaichte[w] iadsan a ta bochd 'nan spiorad: oir[x] is leo rìoghachd nèimh.

4 *Is* beannaichte[y] iadsan a ta ri bròn: oir gheibh iad sòlas.[z]

5 *Is* beannaichte na daoine macanta: oir sealbhaichidh iad an talamh mar oighreachd.

6 *Is* beannaichte an dream air am bheil ocras agus tart na còrach: oir sàsuichear iad.

7 *Is* beannaichte na daoine tròcaireach: oir gheibh iad tròcair.

v Luc. v. 20 w Isa. lvii. 15; lxvi. 2. x Seumas ii. 5.
y Isa. lxi. 3; Esec. vii. 16. z Eoin xvi. 20; 2 Cor. i. 7.

d'thug e barrantas dhoibh agus gu'n robh ùghdarras aca a thoil 'thoillseachadh. Cha toireadh esan a theisteas do theagasg mearachdach. Bha chuid bu mhò do na h-eucailean sin do-leigheas. O'n leighis Criosd iad le 'fhocal, b'e an dearbhadh bu shoilleire gu'n d'thàinig esan o nèamh.

25. "Decapolis." B'i so ainm dùthcha a bha air taobh na h-àird an ear do Iordan. Ghoirte so dhith a chionn gu'n robh *deich bailtean* innte—brìgh an fhocail Decapolis anns a' Ghreugais.

CAIB. V.—1. "An uair a chunnaic Iosa an sluagh." Iadsan a thàinig a dh'fheitheamh air a mhinistreileachd. Goirear dheth so gu cumanta an t-searmoin air a' bheinn Ach cha 'n'eil e eu-coltach nach robh brìgh an t-searmoin so air a searmonachadh aig àmaibh eile, agus do dhaoinibh, eile Luc. vi. 17, 20. "Chaidh e suas air beinn." Bha e n'a bu fhreagarraiche labhairt ris an t-sluaigh o àite àrd, no air àite còmhnard. "Agus air suidhe dha." B'i so an dòigh chumanta air teagasg am measg nan Iudhach. "Thàinig a dheisciobuil." Tha am focal *deisciobail* anns an àite so a' ciallachadh *sgoilearan* no *foghlumaichean*; iadsan a tha air an teagasg. An so tha e air a chur air an son-san a bha faitheamh air ministreileachd Iosa: ach cha 'n'eil e 'filleadh a stigh ann gu'n robh iad uile 'nan Crriosduidhean, Faic Eoin vi. 66.

2. "Is beannaichte iadsan a ta bochd 'nan spiorad." Tha am focal *beannaichte* a' ciallachadh *sona*. "Bochd an spiorad." 'Se sin barail iriosal a bhi againn oirnn féin: a bhi mothachail gur peacaich sinn, agus nach 'eil fìrinnteachd sam bith againn dhinn féin; a bhi deònach a bhi air ar saoradh a mhàin tre ghràs agus tròcair Dhé; a bhi toileach a bhi 'gar leigeil féin 'na làmhan-san, agus a bhi mothachail nach 'eil sinn airidh air fàbhar no deadh-ghean sam bith uaith-san. Tha an leithide so sona; 1. A chionn tha mòran tuillidh do fhìor shonas ann a' bhi smuaineachadh oirnn féin, mar a tha sinn annainn féin. n'a bhi air ar séideadh suas le mòrchuis, uaill, agus uaibhreas an t-saoghail so. 2. A chionn gur h-iad an leithide so is toigh le Iosa bheannachadh, agus air am builich esan a shochairean san t-saoghail so a bhos. 3. A chionn gur leo-san rìoghachd nèimh, 'nuair bhitheas grìs air an àrdachadh gu glòir.

4. "Is beannaichte iadsan a ta ri bròn." Tha iadsan a ni bròn thar am peacanna beannaichte; agus s'e an soisgeul a mhàin a tha comasach air fìor shòlas a thoirt dhoibh-san a tha ann an trioblaid. Feudaidh sòlasan eile mothachadh na h-inntinn a lughdachadh; feudaidh iad a bhi 'cuideachadh leinn strìochdadh do na nithibh sin air son nach urrainn duinn cobhair fhaotainn ach cha 'n'eil iad g'ar seòladh a dh'ionnsuidh fìor thobar an t-sòlais. Ann an Dia na tròcair a mhàin; anns an t-Slànuighear; anns an t-sìth a tha 'sruthadh o'r dòchas air son saoghal a's fearr; 's ann an sin, a mhàin a tha fìor shòlas, 2 Cor. iii. 17, 18; v. 1. Iadsan a ni bròn mar so, gheibh iad sòlas. Iadsan air am bheil doilgheas thairis air a' pheacadh: a tha ri bròn a chionn gu'n do chuir iad an gnìomh e, agus gu'n do chuir iad corruich air Dia, 'siadsan a mhain a gheibh sòlas anns an t-soisgeul. Tre an t-Slànuighear thròcairich feudaidh na peacanna sin a bhi air am maitheadh; agus annsan gheibh an t-anam a tha sgìth agus fo throm uallach sìth agus sòlas, Mat. xi. 28—30. Agus cumaidh làthaireachd a' *Chomhfhurtair*, an Spiorad Naomh, suas iad ré an turuis 'san t-saoghal so, Eoin xiv. 36, 27; agus tiormaichidh Dia gach deur o'n sùilibh anns an t-saoghal ri teachd, Taisb. xxi. 4.

5. "Is beannaichte na daoine macanta." 'Se bhi macanta, a bhi foighidneach fo easaontas no eucoir, ann an làn carbsa gu'n dean Dia dìoghaltas. Buinidh dìoghaltas dhasan; iocaidh esan, Rom. xii. 19. Is dona thig e dhuinne 'aite-san a ghabhail, agus an ni sin a dheanamh is e à dhlighe-san, agus a gheall e a dheanamh. Esan a tha macanta, tha e ghnàth air taobh na sithe; ach esan a tha an còmhnuidh fo fheirg agus a leigeas leis gach ni faoin a chur far a shaoid, tha e fo chumhachd gach neach a chi iomchuidh dragh a chur air. Tha e coltach ris an fhairge bhuaireasaich nach urrainn fois a ghabhail; aig am bheil a h-uisgeachan a' tilgeadh a nìos làthaich agus salchair. "Sealbhaichidh iad an talamh mar oighreachd." Dh'fheudadh e bhi air eadar-theangachadh, sealbhaichidh iad *am fearann* mar oighreachd. Bha na h-Iudhaich a' cleachdamh an t-Seann Tiomnaidh gu minic, ri linn an t-Slànuighear a bhi air thalamh, far am bitheadh an gealladh so gu tric a' tachairt orra. Agus tha iadsan 'g à ghnàthachadh mar ni a bha 'ciallachadh beannachd mhòr sam bith—theagamh, suim nan uile bheannachd. Salm xxxvii. 22; Isa. lx. 21. Chleachd an Slànuighear anns an t-seadh so e; ni a tha 'ciallachadh, cha'n e gu'm bitheadh mòr shaibhreas, no mòran fearainn aca, ach gu'm bitheadh iad a' mealtuinn beannachdan àraidh. Bha na h-Iudhaich a bharr air so, ag amharc air fearann Chanaain mar shamhladh air nèamh agus na beannachdan fo'n Mhesias. Uime sin, thàinig *a bhi sealbhachadh an fhearainn* gu bhi 'ciallachadh nam beannachdan sin. 'Nuair a tha ar Slànuighear 'g a ghealltuinn an so, tha e 'ciallachadh gu'm bi iadsan a tha *macanta* air an gabhail a stigh d'a rìoghachd-san, agus a' compàirteachadh d'a sochairean an so, agus d'a glòir anns a' Chanaan nèamhaidh na dhéigh so.

6. "Ocras agus tart." Tha iad a' leigeil ris dhuinn iarrtuis làidir. Cha 'n'eil iarrtus air bith cho dian, no bhitheas ag iarruidh an sàsuchadh cho mòr riu so. Tha iad air am mothachadh gach là; agus an uair a bhuanaicheas iad fada, cha 'n'eil ni sam bith cho saruichte riu. Tha *iarrtus* mòr an déigh ni sam bith air a nochdadh dhuinn anns na Sgriobtuiribh le ocras agus tart, Salm xiii. 1, 2; lxiii. 1, 2. Tha iarrtus an déigh maitheanais agus sìth; trom mhothachadh air peacadh, uireasbhuidh agus truaighe air a chomharachadh a mach dhuinn le tart, Isa. lv. 1, 2. Iadsan mar sin, mar an ceudna a tha bàsachadh a dh'easbhuidh fìreantachd; a tha 'mothachadh gu bheil iad 'nam peacaich chaillte; agus a tha 'g iarruidh gu mòr gu'm bitheadh iad naomha, bithidh iad air an ìonadh. Cha robh riamh iarrtus a bhi naomh nach robh Dia toileach a shàsuchadh, Faic Isa. lv. 1; Eoin iv. 14; vi. 35; vii. 37, 38; Salm xvii. 15.

7. "Is beannaichte na daoine tròcaireach: oir gheibh iad tròcair." 'Se sin, a' mhuinntir sin aig am bheil mothachadh cho mor a thaobh *fulangais* muinntir eile, 's gu'n b'e am miann an eutromachadh. Tha so air a thoirt na dhearbhadh air Diadhachd; agus tha e air a ràdh iadsan a nochdas tròcair do mhuinntir eile gu'm faigh iad tròcair, Faic Mat. x. 42; xxv. 34—40. Bu chòir dha bhi air a dheanamh chum glòir Dhé; 'se sin, mar umhlachd d'a àitheantaibh, agus le iarrtus gu'm bitheadh urram air a thoirt dhasan; agus a' faireachduinn aig an àm cheudna gu bheil sinn a' deanamh maith do aon d'a chreutairibh. Bithidh esan an sin ag amharc air mar air a dheanamh air a shon féin, agus bheir e ar duais dhuinn, Salm xviii. 25, 26.

Cha'n urrainn duinn eisempleir Dhé a leantuinn ni's mò na le bhi nochdadh tròcair. Dh'fhoillsich esan e féin gràsmhor agus fad-fhulangach, Ecsod. xxxiv. 6; Esec. xxxiii. 11; 1 Tim. ii. 4; 2 Pead. iii. 9. Nochd esan tròcair dhuinne, peacaich thrungha, buailteach do fheirg shiorruidh le bhi cur Aon-ghin Mhic a chum bàsachaidh air an son; le bhi 'nochdadh cho deònach 'sa tha e bhi toirt maitheanas dhuinn, agus a bhi 'g ar tearnadh o sgrios a' bhàis; agus le bhi 'cur a Spioraid a chum ar cridheachan ath-nuathachadh, agus a naomhachadh. Gach là d'ar beatha, gach uair agus gach mionaid, tha sinn a' compàirteachadh d'a shochairean air am bheil sinn neo-airidh. Gach sochair a tha sin a' mealtuinn is dearbhadh iad air a mhaitheas, agus air a thròcair. Ma bhitheas sinne mar an ceudna a' nochdadh tròcair do'n bhochd, do'n truaghan, agus do'n chiontach, tha e leigeil ris gu bheil sinn coltach ri Dia; tha a Spiorad againn, agus cha chaill sinn ar duais. Agus tha'm pailteas cothroim againn so a dheanamh: oir tha sinn ann an saoghal làn Cionta, bròin, agus truaighe, a dh'fheadas sinn a lughdachadh air iomadh dòigh. Agus gach là d'ar beatha, tha cothrom againn le bhi cuideachadh nam bochd, agus na muinntir a tha ann

8 *Is* beannaichte na daoine a ta glan 'nan cridhe:[a] oir chi iad Dia.

9 *Is* beannaichte luchd-deanamh na sithe:[b] oir goirear clann Dé dhiubh.

10 *Is* beannaichte an dream a ta fulang geur-leanmhuinn air son na còrach:[c] oir is leosan rioghachd nèimh.

11 *Is* beannaichte bhitheas sibh an uair a bheir daoine anacainnt dhuibh, agus a ni iad geur-leanmhuinn *oirbh*, agus a labhras iad gach uile dhroch fhocal ribh gu breugach, air mo sgàth-sa.

12 Deanaibh gairdeachas, agus bithibh ro-shubhach; oir is mòr bhur duais[d] air nèamh: oir mar sin rinn iad geur-leanmhuinn air na fàidhibh a bha roimhibh.

13 Is sibhse salann[e] na talmhainn: gidheadh ma chailleas an salann a bhlas, ciod leis an saillear e? cha'n 'eil feum ann o sin suas, ach a thilgeadh a mach, agus a shaltairt fo chosaibh dhaoine.

14 Is sibhse solus[f] an t-saoghail. Cha'n fheudar baile a ta air a shuidheachadh air sliabh fholach.

15 Agus cha las daoine coinneal, chum gu'n cuir iad i fuidh shoitheach, ach ann an coinnleir, agus ni i solus do na bheil a stigh.

16 Gu ma h-ann mar sin a dhealraicheas bhur solus an làthair dhaoine, chum gu faic iad bhur deadh oibre, agus gu toir iad glòir[g] do bhur n-Athair a ta air nèamh.

a Salm xxiv. 3, 4; Eabh. xii. 14; 1 Eoin iii. 2, 3.
b Salm xxxiv. 14. *c* 1 Pead. iii. 13, 14. *d* 2 Cor. iv. 17.
e Marc. ix. 50. *f* Phil. ii 15.
g 1 Pead. ii. 12.

an staid thrusgh; agus mar an ceudna le bhi 'toirt maitheanas dhoibhsan a bhitheas a' deanamh eucoir oirnn, a nochdadh gu bheil sinne cosmhail ri Dia. Faic mìneachadh air Caib. vi. 14, 15.

8. Iadsan aig am bheil inntinnean glan agus beachdan ceart; a tha 'g iarruidh, cha 'n e mhàin gu'm bitheadh na gnìomhara o'n leth a muigh ceart, ach mar an ceudna a tha 'g iarruidh a bhi naomh ann an cridhe, agus a tha da rìreadh mar sin, Tha an duine ag amharc air an taobh a muigh, ach tha Dia ag amharc air a' chridhe. "Chi iad Dia." Tha so air labhairt uime mar fhàbhar àraidh, (Faic mar an ceudna Taisb, xxii. 4.) Bha aghaidh neach fhaicinn, no bhi 'na làthair am measg nan Iudhach a' ciallachadh fàbhar mòr, Gnàth-fhocal xxii. 29; 2 Righ xxv. 19. Agus anns an àite so, tha bhi 'faicinn Dhé, a' ciallachadh gu bheil sinn 'nar cairdean aige, agus gu'n gabh sinn còmhnuidh maille ris 'na rìoghachd.

9. Is iad luchd-deanamh na sìthe, a' mhuinntir sin a bhitheas a' feuchainn gu dùrachdach agus gu dìchiollach, bacadh a chur air comhstri connspoid agus cogadh; a bhitheas a' deanamh na bheil 'nan comas gu réite a dheanamh eadar muinntir, araon 'nan teaghlaichibh agus anns a' choimhearsnachd sam bi iad. Feudaidh gach neach ni-eigin do'n t-seòrsa so a dheanamh; agus cha 'n'eil aon air bith cho coltach ri Dia ris an neach a ni e. "Clann Dé." Iadsan a tha coltach ri Dia, a' taisbeanadh Spioraid cosmhail ris-san. 'S esan Ughdair na sìthe, (1 Cor. xiv. 33;) agus tha iadsan uile a bhitheas a' feuchainn ri sìth a dheanamh coltach ris-san, agus airidh gu'n goirte clann Dé dhiubh.

10. "Geur-leanmhuinn." Tha geur-leanmhuinn a' ciallachadh sàruchadh no ainneart a dheanamh air neach air son a chreidimh. Tha iad a' deanamh geur-leanmhuinn air muinntir eile le bhi 'labhairt gu h-olc m'an timchioll, agus a' cur am beatha an cunnart air son nam beachdan creidimh a tha iad ag altrum. "Air son na còrach." 'Se sin, a chionn gu bheil iad fìrinneach. Cha 'n'eil sinn ri bhi 'g iarruidh geur-leanmhuinn. Cha'n 'eil sinn ri bhi 'g a brosnuchadh 'nar n-aghaidh le bhi 'briseadh an lagha, no labhairt air dòigh a bhitheas a' toirt oilbheum do mhuinntir eile. Ach ma 's e, 's an uair a tha sinn ag oidhirpeachadh a bhi 'nar Criosduidhean, agus a' caitheadh beatha Chriosduidhean, gu bheil sinn air ar geur-leanmhuinn le daoine eile, agus anacainnt air a thoirt dhuinn, 's ann a tha sinn ri bhi 'g amharc air so mar bheannachd, 2 Tim. iii. 12. "Is leosan rìoghachd nèimh." Tha dearbhadh aca gur Criosduidhean iad, agus gu'm bi iad air an toirt gu nèamh.

11. "Anacainnt dhuibh." 'S e sin, 'ur maslachadh, no tàmailt a dheanamh oirbh; frith-ainmean a ghlaodhaich rìbh; dìmeas a dheanamh oirbh a chionn gur Criosduidhean sibh. Air a' mhodh so, thubhairt iad ri Iosa gu'm bu Shamaritanach e, agus gu'n robh deamhan aige; agus gu'n robh e air boile. Ach 'nuair a chàineadh e, cha do chàin a rìs, 1 Pead. ii. 23. Air fulang anacainnt dhuinn, 's ann bu chòir dhuinn beannachadh, 1 Cor. iv. 12. Agus mar so, ged nach 'eil dìmeas an t-saoghail ann féin ionmhiannaichte, fathast, is beannaichte an ni a bhi 'leantuinn ceumannan Iosa; a bhi 'gluasad a réir 'eisempleir; agus eadhon a bhi fulang air a sgàth-san, Phil. i. 29. "Gach uile dhroch fhocal ribh gu breugach." Bu chòir an ro-aire 'thoirt do'n fhocal *breugach*, anns an àite so. Cha 'n'eil e beannaichte olc a bhi air a labhairt mu'r timchioll ma 's e 's gu bheil sinn airidh air; ach mur 'eil sinn 'g a thoilltinn, cha bu chòir dhuinn a bhi 'g amharc air mar àmhghar, 1 Pead. iii. 13—18. "Air mo sgàth-sa." A chionn gu bheil gràdh agaibh dhomhsa; a chionn gur Criosduidhean sibh. Ma's e 's gu bhéil anacainnt air a thoirt dhuinn, air son sinn a bhi dìleas an aobhar Chriosd, mar a bha air a thoirt d'ar maighstir, an sin tha sinn ri bhi g' a fhulang le foighidinn, agus a' cuimhneachadh gu'n robh miltean romhainn air an gnàthachadh anns a' cheart dòigh. 'Nuair a bhitheas sinn air ar geur-leanmhuinn anns an dòigh so, no anacainnt air a thoirt dhuinn, tha sinn ri bhi macanta, foighidneach, agus iriosal; gun chorruich a bhi oirnn: gun bhi 'càineadh a rìs; ach a' feuchainn ri maith a dheanamh dhoibh san a bhitheas ri geur-leanmhuinn, agus ri cùl-chàineadh oirnn, 2 Tim. ii. 24, 25. Anns an dòigh so, bha mòran air faotainn dearbhadh do chumhachd agus do òirdhearcas a' chreidimh sin a bha iad a' geur-leanmhuinn.

12. "Deanaibh gairdeachas." Bha duais an fhulangais mòr; agus air an aobhar sin, rinn mòran do luchd-leanmhuinn Chriosd, ann an ceud linntibh a' chreidimh Chriosduidh, leum le gairdeachas an dùil ris a' bhàs air sgàth Iosa. Cha robh e an comas ni sam bith ach làn-fhiosrachadh air an neo-chiontachd féin, maille ri lathaireachd Dhé, an cumail suas am measg nan deuchainnean cruadha a dh fhuilig iad. "Na faidhibh." Na daoine naomha a thàinig a dh'innseadh nithe roimh làimh mu thoil Dé, agus a bha nan luchd teagaisg cràbhach do na h-Iudhaich. Faic cunntas air an geur-leanmhuinn-sa anns an aona caibideil deug do'n Litir chum nan Eabhruidheach.

13. "Is sibhse salann na talmhainn." Ni salann biadh taitneach do'n bhlas, agus cumaidh se e gu'n lobhadh. Air a' cheart dòigh, tha Criosduidhean le'n caitheamh-beatha, le'n giùlan, agus le'n teagasg, ris an t-saoghal a ghleidheadh gun bhi air a sgrios tré dhroch bheusan. Le bhi 'toirt a nuas, le'n ùrnuighean, beannachd Dhé. Tha iad a' cumail an t-saoghail gun bhi air a lionadh le cionta agus aingidheachd. "Ma chailleas an salann a bhlas." 'S e sin, ma théid e eug, no bhitheas e neo-bhlasda, no ma chailleas e a' bhuaidh sin a bha ann chum nithe a ghleidheil gu'n lobhadh. Ann an dùthchanna na h-àird an ear, tha an salann a tha aca coimeasgta le talamh agus cré; air chor 's gu feudadh e a bhlas a chall agus mòran deth a bhi air 'fhàgail. Cha robh maith sam bith ann an sin, ach a thilgeadh a mach air na rathaidibh mòra; gu bhi air a ghnàthachadh mar tha ghaineamh 'nar measg-ne.

14. "Solus an t-saoghail." Tha 'm focal so gu tric air a chleachdadh a thaobh luchd-teagaisg Criosduidh. Faic Mat. iv. 16; Luc. iii. 32; Eoin i. 4; viii. 12; Isa. xlix. 6. Tha e air mhodh àraidh air a chleachdadh a thaobh Iosa, do bhrìgh gu bheil esan anns an t-saoghal spioradail an ni a tha ghrian anns an t-saoghal nàdurra. Bha na h-abstoil, agus tha ministirean diadhaidh, agus na h-uile Criosduidh, nan soluis anns an t-saoghal; a chionn tha iadsan le'n teagasg agus le'n eisempleir, a' nochdadh an ni a tha Dia ag iarruidh, ciod i staid an duine, ciod i slighe an dleasdanais, na sìthe, agus an t-sonais—an t-slighe a tha treòrachadh gu nèamh. "Baile a ta air a shuidheachadh air sliabh." Bha mòran do bhailtibh Iudea air an suidheachadh air mullach no air taobh nam beann, agus dh'fheudadh iad a bhi air am faicinn fad as. A réir coltais bha Iosa 'comharachadh a mach an leithide sin do bhailtibh; agus dh'innis e d'a dheisciobuil gu'n robh iadsan coltach riu. Bha iadsan air am faicinn aig astar fad as. Cha b'urrainn an gnìomhara a bhi air am folach. Bha shilean an t-saoghail suidhichte orra. Dh'fheumadh iad a bhi air am faicinn; agus o'n bha chùis mar sin, bu chòir dhoibh a bhi naomha, neo-lochdach, agus neo-thruaillidh.

16. "Bhur solus." Bithibh naomh 'nar caitheamh-beatha 's nar giùlan, agus bitheadh 'ur teagasg dìleas r'a fhaicinn agus air 'aithneachadh anns gach àite. "Chum gu faic iad bhur deadh oibre." Cha 'n'eil e ceart ni a dheanamh a mhàin chum bhi air ar faicinn le muinntir eile, oir cha 'n'eil an sin ach uaibhreas agus uaill; ach tha sinn r'a dheanamh, chum sinn a bhi air ar faicinn, gu'm bitheadh an t-urram air a thoirt do Dhia. "Glòir do bhur n-Athair." Molaibh Dia, no thugaibh urram dha, no bithibh a' deanamh aoraidh dha. Chum 's air do mhuinntir eile 'bhi 'faicinn 'nur giùlan-sa, òirdhearcas a' chreidimh, agus cumhachd a's fìor-ghloine an t-soisgeil, gu'm bi iad air an tarruing gu bhi 'nan Criosduidhean mar an

17 Na measaibh gu'n d'thàinig mise a bhriseadh an lagha[h] no nam fàidhean;[i] cha'n ann a bhriseadh a thàinig mi, ach a choimhlionadh.[k]

18 Oir a ta mi ag ràdh ribh gu firinneach, Gus an téid nèamh agus talamh thairis, cha téid aon lide no aon phunc[l] do'n lagh thairis, gus an coimhlionar gach aon ni.

19 Air an aobhar sin ge b'e neach a bhriseas aon do na h-àitheantaibh, so a's lugha, agus a theagaisgeas daoine mar sin, goirear an duine a's lugha dheth ann an rìoghachd nèimh: ach ge b'e neach a ni, agus a theagaisgeas *iad*, goirear duine mòr[m] dheth ann an rìoghachd nèimh.

20 Oir a ta mi ag ràdh ribh, Mur toir bhur fireantachd-sa barrachd[n] air fireantachd nan sgrìobhaiche agus nam Phairiseach, nach téid sibh air chor air bith a steach do rìoghachd nèimh.

21 Chuala sibh, gu'n dubhradh ris na sinnsiribh,[o] Na dean mortadh; agus ge b'e neach a ni mortadh bithidh e an cunnart a' bhreitheanais.

h Mat. iii. 15. *i* Isa. xlii. 21. *k* Salm xl. 6, 8. *l* Luc. xvi. 17.
m 1 Sam. ii. 30. *n* Mat. xxiii. 23—28; Phil. iii. 9.
o Ecsod. xx. 13; Deut. v. 17.

22 Ach a ta mise ag ràdh ribh, Ge b'e neach aig am bi fearg r'a bhràthair gun aobhar,[p] gu'm bi e an cunnart a'bhreitheanais: agus ge b'e neach a their r'a bhràthair, Raca,[q] gu'm bi e an cunnart na comhairle: ach ge b'e neach a their, Amadain, gu'm bi e an cunnart teine ifrinn.

23 Uime sin ma bheir thu do thabhartas[r] chum na h-altarach, agus gu'n cuimhnich thu an sin gu bheil ni air bith aig do bhràithair a'd' aghaidh;

24 Fàg do thabhartas an sin an làthair na h-altarach, agus imich, agus dean réite air tùs ri d' bhràthair, agus an déigh sin thig agus tabhair uait do thiodhlac.

25 Bi réidh ri d' eascaraid gu luath, am feadh a bhios tu maille ris san t-slighe; air eagal gu'n toir an t-eascaraid thairis thu do'n bhreitheamh, agus gu'n toir am breitheamh thu do'n mhaor, agus gu tilgear am prìosan thu.

26 A ta mi ag ràdh riut gu firinneach nach téid thu mach as a sin, gus an ìoc thu an fheoirling dheireannach.

p 1 Eoin iii. 15. *q* Deut. xvi. 16, 17.
r Gnàth-fhocal xxv. 8; Luc. xii. 58, 59.

ceudna, agus gu'n toir iad moladh a's urram do Dhia air son a throcair do shaoghal caillte.

Feudaidh sin 'fhòghlum an so, (1,) ma's e 's gu bheil fìor chreidimh anns an anam, nach urrainn e bhi air 'fholach. (2.) Far nach 'eil e air a nochdadh an caitheamh-beatha, nach 'eil e idir ann. (3.) Gu bheil luchd-aidmheil creidimh, a tha tighinn beò cosmhuil ri daoine eile, a' toirt dearbhadh nach robh iad riamh air an ath-nuathachadh ann an spioradaibh an inntinn. (4.) Gu bheil neach sam bith a bhitheas a' feuchainn an eòlas no am mothuchadh Criosduidh 'fholach, a' brath an ni sin a chaidh earbsa ris, a' deanamh eucoir do aobhar Chriosd, agus a' fagail ar beatha neo-tharbhach. Agus, (5,) gu'm bi deadh ghnìomhara air am faicinn, agus gu'm bi iad a' treòrachadh dhaoine gu urram a thoirt do Dhia. Mur 'eil dòigh sam bith eile againn air maith a dheanamh—ma tha sinn bochd, agus aineolach, agus neo-aithnichte—fathast feudaidh sinn maith a dheanamh tré ar caitheamh-beatha 's ar giùlain. Oir cha 'n'eil fìor Chriosduidh sam bith a' teachd beò ann an dìomhanas.

17. "Na measaibh gu'n d'thàinig mise." Bha ar Slànuighear ag inntrinneachadh air a mhinistreileachd. Bha e feumail dha innseadh ciod a thàinig e a dheanamh. Le bhi 'g a chur féin suas an aghaidh nan Sgrìobhaichean agus nam Phairiseach mar fhear-teagaisg, dh'fheudadh cuid a bhi 'g ràdh gu'n d'thàinig e bhriseadh an lagha, agus gu cleachdaidhean na rìoghachd a chur air chùl. Dh'innis e dhoibh, air an aobhar sin, nach d'thàinig e chum na crìche sin; ach da rìreadh a choimhlionadh nan nithe a bha air an cur síos, agus air an roimh-innseadh anns an lagh agus anns na faidhibh. "An lagha." Cuig leabhraichean Mhaois. Bha mòran nithe air an labhairt m'a thimchioll-san anns na fàidhibh; a thaobh a theachd agus a bhàis. Agus bha iad sin uile ri bhi air an coimhlionadh tré a mhìorbhuilean-san, agus tre 'fhulangais.

18. "Gus an téid nèamh agus talamh thairis." 'S e sin, feudaidh gach ni eile atharrachadh—feudaidh talamh agus nèamh gabhail seach, agus a bhi air an sgrios—ach cha téid lagh Dhé thairis gus am bi gach ni dheth air a choimhlionadh.

Bha lagh nan Iudhach air a roinn 'na thri seòrsachan. 1, lagh nam modhanna. 2, Lagh nan ìobairtean, no nan deas-ghnàth. Agus, 3, lagh na tìre, no an lagh sìobhalta. Cha b'urrainn lagh nam modhanna a bhi air a chur air chùl: a chionn tha iad ag éiridh o nádur nithe—mar a tha ar dleasdanas *gràdh* a thoirt do Dhia agus d'ar comh-chreutairean. Cha'n urrainn so a bhi air a chur air chùl. Tha an lagh so air a chur síos anns na deich àitheantaibh. Cha robh lagh nan deas-ghnàth ri marsuinn ach car tìne; agus thàinig Criosd g'a chur-san air chùl. Ach an lagh a 'tha 'g iarruidh gràdh a's umhlachd do Dhia, agus gràdh do dhaoine, cha'n urrainn e bhi air 'atharrachadh: ni mò dh'fheuch Criosd ri sin a dheanamh, Mat. xix. 16—19; xxii. 37, 39; Rom. xiii. 9. Bha lagh nan deas-ghnàth air a choimhlionadh le teachd Chriosd agus air a chur air chùl, mar fhaileas nithe ri teachd; ach bha lagh na modhannan air a dhaingneachadh.

21. "Chuala sibh, gu'n dubhradh ris na sinnsiribh." Tha Iosa an so a' labhairt a thaobh luchd-mìneachaidh an lagha agus nam fàidhean. Cha do labhair e an aghaidh lagh Mhaois; ach an aghaidh a' mhìnaechaidh a bha air a thoirt dha anns an àm 'san robh e féin air an talamh, leis na h-Iudhaich; agus tha e féin a nis a' toirt a' mhìneachaidh cheart dhoibh.

22. "Ach a ta mise ag ràdh ribh." Air do Iosa a bhi 'na Dhia cho maith a's 'na dhuine, (Eoin i. 1,) agus, air an aobhar sin, esan a thug seachad an lagh air tùs, bha còir aige an lagh a mhìneachadh, no 'atharrachadh a réir a thoile féin. Labhair e, air an aobhar sin, mar neach aig an robh cumhachd; agus cha b'ann mar na sgrìobhaichean. "Fearg—gun aobhar." Is faireachduinn no mothuchadh nàdurra *fearg*, air a thoirt dhuinn, (1,) chum gnìomhara olc a chronachadh, agus ar fuath dhoibh a nochdadh. (2.) A chum sinn féin a dhìon 'nuair a nithear eucoir oirnn. Tha e laghail an uair a tha e an aghaidh peacaidh. Faic Marc. iii. 5; Eph. iv. 26. Cha'n e corruich no fearg an aghaibh peacaidh air am bheil Criosd a' labhairt anns an àite so. Fearg *gu'n aobhar; 's* e sin far nach robh oilbheum sam bith air a thoirt seachad. Anns an t-seadh sin tha e olc; agus tha e 'briseadh an t-seathadh àithne, a chionn gach neach a dh'fhuathaicheas a bhràthair is mortair e, 1 Eoin iii. 15. "A bhràthair." Tha na h-uile dhaoine air tighinn o'n aon Athair, agus is iad uile creutairean an aon Dia, air an aobhar sin, is bràithrean iad uile; agus bu chòir do gach neach a bhi air a ghnàthachadh mar bhràthair. "Raca." Is focal so a tha 'ciallachadh amaideachd no baoghaltachd. Agus tha Iosa a' teagasg dhuinn gu bheil sinn a' briseadh na seathadh àithne ann a bhi 'cleachdadh an leithide sin do fhocail. "An cunnart na comhairle. 'S e sin, an sanhedrim. Bha a' chùirt so air a suidhealachadh mu thimchioll 200 bliadhna roimh theachd Chriosd. Bha tri fichead breitheamh 's a dha dheug innte; agus b'e an t-àrd-shagart a b'uachdaran orra. Bha na breitheamhna so air an deanamh suas do na h-àrd-shagartan, do na sgrìobhaichean, agus seanairean an t-sluaigh. "Amadain." Tha'm focal so a' ciallachach tuilleadh na bhi dh'easbhuidh gliocais. Tha e 'filleadh a stigh ann cionta antromaichte; agus tha e gu tric air a ghnàthachadh a thaobh na muinntir sin a bha nan luchd ìodhol-aoraidh, no bha ciontach do pheacaidhean uamharra, Iosh. vii. 15; Salm xiv. 1.

23- "Uime sin ma bheir thu do thabhartas chum na h-altarach." Cha robh na Phairisich ach a' gabhail beachd, no ag amharc air a' ghnìomh o'n taobh a muigh ann an aoradh. Theagaisg ar Slànuighear an ni sin a bha calg-dhìreach 'na aghaidh so. Bha e, a réir a theagaisg-san, mòran n'a b'iomchuidh, *an cridhe* a bhi ceart, na'n gnìomh o'n taobh a muigh a dheanamh.

25. "Bi réidh ri d' eascaraid gu luath." Tha so fathast a' soilleireachadh na seathadh àithne. Tha bhi aig naimhdeas, no bhi aig lagh, daonnan a' briseadh, air aon taobh no taobh eile, an lagha a tha ag iarruidh oirnn gràdh a thoirt d'ar coimhearsnach. "Am feadh a bhios tu maille ris san t-slighe." 'Se sin, am feadh a tha thu dol a dh'ionnsuidh na cùirte, 's e do dhleasdanas tighinn gu còrdadh. Faic 1 Cor. vi. 6, 7. "Do'n mhaor."

27 Chuala sibh gu'n dubhradh ris na sinnsiribh,
Na dean adhaltrannas.

28 Ach a ta mise ag ràdh ribh, Ge b'e neach a dh'amhairceas[s] air mnaoi chum a miannachadh, gu'n d'rinn e adhaltrannas leatha cheana 'na chridhe.

29 Agus ma bheir do shùil dheas aobhar tuislidh dhuit, spìon a mach i, agus tilg uait *i*: oir is fearr dhuit gu sgriosar aon do d' bhallaibh, na do chorp uile bhi air a thilgeadh do ifrinn.[t]

30 Agus ma bheir do làmh dheas oilbheum dhuit, gearr dhìot i, agus tilg uait *i*: oir is fearr dhuit gu sgriosar aon do d' bhallaibh, na do chorp uile bhi air a thilgeadh do ifrinn.[t]

31 Agus a dubhradh, Ge b'e chuireas a bhean-phòsda air falbh, thugadh e litir-dhealaich dhi.[u]

32 Ach a ta mise ag ràdh ribh, Ge b'e neach a chuireas air falbh a bhean-phòsda féin,[v] ach a mhàin air son strìopachais, gubheil e toirt oirre adhaltrannas a dheanamh: agus an ti a phòsas a' bhean sin a chuireadh air falbh, a ta e a' deanamh adhaltrannais.

33 Mar an ceudna, chuala sibh gu'n dubhradh ris na sinnsiribh, Na tabhair mionnan eitheich,[w] ach coimhlion do mhionnan do'n Tighearna.

34 Ach a ta mise ag ràdh ribh, Na tugaibh mionnan idir: na *tugaibh* air nèamh, oir is e righ-chaithir Dhé e.

35 Na *tugaibh* air an talamh, oir is e stòl a chos e: na *tugaibh* air Ierusalem, oir is e baile[x] an righ mhòir e.

36 Na tabhair mionnan air do cheann, oir cha'n urrainn thu aon fhuiltein a dheanamh geal no dubh

37 Ach gu ma h-e is còmhradh dhuibh, Seadh, seadh: Ni h-eadh, ni h-eadh; oir ge b'e ni a bhios os ceann so, is ann o'n olc[y] a ta e.

s Iob, xxvi. 1; Gnàth-fhocal vi. 25. t Rom. viii. 13; 1 Cor. ix. 27.
u Deut. xxiv. 1; Ier. iii. 1; Mar. x. 2—9.
v Mat. xix. 9; 1 Cor. vii. 10, 11.
w Lebh. xix. 12; Aireamh xxx. 2; Deut. xxiii. 23.
x Mat. xxiii. 16—22; Seumas v. 12.
y Taisb. xxi. 2, 10.

'Se sin, mar theireadh-mide, do'n t-siorram. "An fheoirling," mu thimchioll tri buinn-a-sè do'n airgiod againne.

27—30. Bha na Phairisich a' mìneachadh an t-seachdamh mar a rinn iad an t-seathadh àithne Ach tha ar Slànuighear 'g an deanamh cinnteach, nach e mhàin gu'n robh cionta anns a' ghnìomh, ach mar an ceudna, ann an rùn dìomhair a' chridhe; agus gu'n ròbh iadsan a bha ag altrum smuaintean olc nan cridheachan, ciontach am fianuis Dhé, agus air briseadh na h-àithne so. 'Sann d'a leithid so a bha cionta Dhaibhidh, 2 Sam. xi.; Salm li. Faic mar an ceudna, 2 Pead. ii. 14. Tha so a' leigeil ris dhuinn cho teann a's cho farsuing agus a tha lagh Dhé! Agus cho antromaichte 'sa tha smuaintean agus iarrtuis olc 'na shealladh, a dh'fheudas a bhi gu bràth folaichte o'n t-saoghal.

"Do shùil dheas." Bha e 'na àbhaist aig na h-Iudhaich, cosmhuil ri cinnich eile, a bhi 'comharachadh a mach na h-inntinn, le ballaibh a' chuirp, Rom. vii. 23; vi. 13. Tha sùil olc a' comharachadh gu minic farmad, Mat. xx. 15. Anns an àite so, mar ann an 2 Pead. ii. 14, tha e air a chleachdadh gu bhi 'comharachadh a mach iarrtus mi-laghail. "Spìon a mach i." Tha Criosd a' teagasg dhuinn an so, gu feum na nithe is taitniche do'n inntinn a bhi air an tréigsinn, ma's e 's gu bheil iad 'g ar tarruing a thaobh; gu feumamaid buaidh fhaotainn thar aignean olc ar nàduir, tré mòran féin-aicheadh, Faic Mat. xviii. 9; ix. 43—47; Col. iii. 5.

31, 32. "Agus a dubhradh." 'Se sin, le Maois, Deut. xxiv. 1, 2. Tha ar Slànuighear, ann am Marc. x. 1—12, ag ràdh gu'n robh so air a cheadachadh air son cruais an cridhe; ach o thoiseach nach robh e mar so. Rinn Dia air tùs fear agus bean, agus dh'òrduich e pòsadh ré beatha. Ach aig àm Mhaois bha an sluagh air cruadhachadh cho mòr, agus cho cleachdta ri dealachadh, agus cho ceannairceach, 's gu'n robh e n'a b'fhearr dha gu'n atharrachadh sam bith a dheanamh 's a' chùis. Thug ar Slànuighear pòsadh air ais gus an dòigh air an robh e air a shuidheachadh an toiseach, agus chuir e an céill gu soilleir, ge b'e neach a chuireadh air falbh a bhean phòsda gu'n robh e 'deanamh adhaltrannais. Ach, thubhairt e, gu'n robh aon ni a mhàin air son am feudadh e a cur air falbh: eadhon strìopachas. 'Se so a nis lagh Dhé. 'Sann mar so a bha e air a shuidheachadh air tùs. Agus cha 'n'eil lagh talmhaidh sam bith is urrainn saltairt air lagh Dhé, no a ni ceart an ni sin a thubhairt Dia a bha cearr.

33. "Na tabhair mionnan eithich." Tha Criosd a' dol air aghaidh an so, chum beachd mearachdach eile a mhìneachadh air mhodh ceart. Tha an *lugh* a thaobh mhionnan air a chur sìos an Lebh. xix. 12, agus Deut. xxiii. 23. Bha na laghanna sin a' toirmeasg mionnan eithich, no mionnan fallsa a thabhairt. "Coimhlion do'n Tighearna." An ni a gheall thu ann a' d' mhionnan. Bha na Rabbi am measg nan Iudhach a' cleachdadh seòrsa n'a dha do mhionnaibh, a thàinig gu bhi air an gnàthachadh gu cumanta am measg a' phobuill: mionnan a bha iad a' smuaineachadh nach robh ceangailte orra choimhlionadh. Cho fada 's a dh'fhan iad gu'n mhionnan a thoirt air ainm Iehobhah, agus cho fada 's a ghléidh iad na mionnan a ghabh iad am follais, smuainich iad gu feudadh iad na mionnan eile a bhriseadh 'nuair chitheadh iad freagarrach. B'e so an ni a bha dhìth air Criosd a leasachadh. Bha iad nan àbhaist a bhi 'toirt mhionnan 'nuair a bhitheadh iad ri còmhradh, agus gu h-àraid a bhi 'toirt mhionnan air nithe cruthaichte.

Cha robh ar Slànuighear anns an àit so a' labhairt idir a thaobh mhionnan ann an cùirt lagha; 's ann a bha e 'labhairt an aghaidh a' chleachdaidh fhaoin, amaidich, agus aingidh a bha aca ann a bhi 'mionnachadh nan còmhradh, aig gach àm, agus air son an ni a b'fhaoine. B'e so an ni a bha an Slànuighear a' dìteadh; a chionn cha do dhiùlt esan e féin mionnan a thoirt ann an cùirt lagha, Mat. xxvi. 63, 64. Agus tha Pòl gu minic a' gairm Dhé mar fhianuis air son a dhìlseachd, a' cheart ni a tha mionnan a' ciallachadh. Faic Rom. i, 9; ix. 1; Gal. i. 20; Eabh. vi. 16.

34, 35. "Na tugaibh mionnan idir." 'S e sin, anns an dòigh a tha e 'dol a chomharachadh a mach. Na toir mionnan anns an dòigh chumanta agus mhi-naomha a bha 'na chleachdadh aig an àm. "Air nèamh, oir is e righ chaithir Dhé e." A bhi toirt mhionnan air a sin, m'a bha e 'ciallachadh ni sam bith, b'e bhi toirt mhionnan air an Tì a bha 'na shuidhe oirre, Mat. xxiii. 22. "Air an talamh, oir is e stòl a chos e." Air a mhodh cheudna, 's e cheart ni a bhi toirt mhionnan air *a sin*, 's a bhi 'g a thoirt air Dia. "Baile an righ mhòir." 'S e sin, baile *Dhe*. Goirear an Righ mòr dheth, a chionn gu'm b'e Righ nan Israelach; agus b'e Ierusalem àrd-bhaile na rìoghachd, agus an t-àite an robh urram air a thoirt dha gu sònruichte *mar Righ*.

36. "Do cheann." A bhi toirt mhionnan air ceann neach, b'e sin an t-aon ni agus a bhi 'g a thoirt air a bheatha; n'a ràdh, cuiridh mi mo bheatha an geall gu bheil an ni a tha mi 'g ràdh fìor. 'S e Dia Ughdair ar beatha, agus le bhi toirt mhionnan air a *sin*, 's e an t-aon ni agus a bhi toirt mhionnan air Dia féin. "Aon fhuiltein." Cha 'n'eil ùghdarras no còir air bith agad thairis air do bheatha féin. Cha'n urrainn duit eadhon aon *fhuiltein* atharrachadh. Tha 'n t-ùghdarras uile aig Dia; agus air an aobhar sin, cha'n'eil e iomchuidh no ceart gu'm bitheadh tusa 'cur an geall tiodhlac Dhé; agus 's e an t-aon ni e agus a bhi 'toirt mhionnan air Dia féin.

37. "Ge b'e ni a bhios os ceann so." 'S e sin os ceann *seadh*, agus *ni h-eadh*. Tha mionnan mi-naomh a' tighinn o olc. "Is ann o'n olc a ta e." Tha iad a' tighinn o rùn 's o chridhe olc. Agus uaithe so feudaidh sinn 'fhòghlum, (1,) gu bheil mionnan mi-naomh daonnan nan dearbhadh air cridhe truaillidh agus aingidh. (2.) Nach 'eil duine ni's luaithe air a chreidsinn a chionn gu bheil e mionnachadh d'a thaobh. Esan a bhriseas an treas àithne, cha seas e aig an naothadh a bhriseadh mar an ceudna. 'S e an duine a tha daonnan air a chreidsinn, an neach air nach 'eil amharus a thaobh ni sam bith; esan a tha da rìreadh 'na Chriosduidh, agus a tha 'caitheadh a bheatha mar Chriosduidh: cha ruig esan a leas a bhi ri mionnan mi-naomh a chum gu'n creidear e. (3.) Cha chomhara maith idir air duin' uasal a bhi ri mionnan, agus a' labhairt bhriathra mi-naomh Tha na daoine is suaraiche, is aineolaiche, agus is ìsle an inbhe cho teòma air toirt mhionnan 's a tha iadsan is àirde, is uaisle, agus is fòghluimte. Agus an neach sin a bhios ri mionnaibh, tha e g'a ìsleachadh féin ni's ìsle na brùidean na macharach. Tha ni's leòr do thàlannan aig neach air bith chum fhòghlum, Dia agus a cho-chreutairean a mhallachadh, agus guidhe—oir tha na h-uile bhios ri mionnan, a' guidhe—gu'm bitheadh Dia g'an sgrios féin agus muinntir eile ann an ifrinn. (4.) Cha'n'eil cainnt mhi-naomh a' deanamh maith do dhuine sam bith. Tha i 'na masladh do gach duine maith, agus uamhasach ann an sealladh Dhé. (5.) Cha mheas an Tighearna neo-chiontach esan a bheir 'ainm an dìomhanas. A bhi 'guidhe

38 Chuala sibh gu'n dubhradh, Sùil[a] air son sùla, agus fiacail air son fiacla.

39 Ach ta mise ag ràdh ribh,[a] Na cuiribh an aghaidh an uilc: ach ge b'e neach a bhuaileas tu[b] air do ghial deas, tionndaidh thuige an gial eile mar an ceudna.

40 Agus an ti le'm b'àill thusa a thagradh san lagh, agus do chòta a bhuin dìot, leig leis d'fhalluinn mar an ceudna.

41 Agus ge b'e bheir leis air feadh mìle a dh'aindeoin thu, imich leis air feadh dhà mhìle.

42 Tabhair do'n ti a dh'iarras ort; agus uaithsan le'm bu mhiann iasachd fhaotainn uait, na pill air falbh.[c]

43 Chuala sibh gu'n dubhradh,[d] Gràdhaichidh tu do choimhearsnach, agus bithidh fuath agad do d' nàmhaid.

44 Ach a ta mise ag ràdh ribh, Biodh gràdh[e] agaibh do bhur naimhdibh, beannaichibh an dream a mhallaicheas sibh, deanaibh maith do na daoinibh air am beag sibh, agus deanaibh urnuigh[f] air son na muinntir a ta buntuinn ribh gu naimhdeil, agus a ta 'gur geur-leanmhuinn:

45 A chum gu'm bi sibh 'nur cloinn aig bhur n-Athair a ta air nèamh: oir a ta esan a' tabhairt air a ghréin féin éirigh[g] air na droch dhaoinibh, agus air na deadh dhaoinibh, agus a' cur uisge air na fìreanaibh agus air na neo-fhìreanaibh.

46 Oir ma bhios gràdh agaibh do'n mhuinntir aig am bheil gràdh dhuibh, ciod an duais a gheibh sibh? nach 'eil eadhon na cìs-mhaoir a' deanamh an ni ceudna?

47 Agus ma chuireas sibh fàilte air bhur bràithribh féin a mhàin, ciod a tha sibh a' deanamh thar *chach?* nach 'eil na cìs-mhaoir féin a' deanamh an ni ceudna?

48 Air an aobhar sin bithibh-sa coimhlionta[h] mar a ta bhur n-Athair a ta air nèamh coimhlionta.

CAIB. VI.

THUGAIBH an aire nach toir sibh bhur déirc am fianuis dhaoine, chum gu'm faicear leo sibh; no cha'n fhaigh sibh tuarasdal o bhur n-Athair a ta air nèamh.

2 Uime sin, an uair a bheir thu do dhéirc, na toir fa'near galltromp a shéideadh romhad, mar a ni na cealgairean, anns na sionagogaibh, agus anns na sràidibh, chum gu faigh iad glòir o dhaoinibh. Gu firinneach a ta mise ag ràdh ribh, gu bheil an tuarasdal aca.

3 Ach an uair a bheir thusa déirc, na biodh fios aig do làimh chlì ciod a ta do làmh dheas a' deanamh;

a Ecsod. xxi. 24. *a* Gnàth-fhocal xx. 22; xxiv. 29; Rom. xii. 17—19. *b* Isa. i. 6. *c* Deut. xv. 7, 11. *d* Deut. xxiii. 6. *e* Rom. xii. 14, 20. *f* Luc. xxiii. 34; Gniomh. vii. 60. *g* Iob xxv. 3. *h* Gen. xvii. 1; Deut. xviii. 13; Luc. vi. 36, 40; Col. i. 28.

air dìoghaltas Dhé teachd a nuas; a bhi 'g a mhallachadh air a Righ-chaithir, 's iad peacanna is uamhasaiche agus is eagalaiche d'an urrainn mac an duine a bhi ciontach. Agus cha 'n'eil ni eile 'san t-saoghal cho mìorbhuileach ri fad-fhulangas agus tròcair Dhé, nach 'eil e ag éiridh an dìoghaltas, agus a' tilgeadh luchd nam mionn agus luchd a' mhallachaidh sìos do'n ifrinn is ìsle. Gu cinnteach tha Dia mall chum feirge, 's tha 'thròcair neo-chrìochnach!

38—41. "Sùil air son sùla." Tha 'n àithne so r'a faotainn ann an Ecsod. xxi. 24; Lebh. xxiv. 20, agus Deut. xix. 21. Anns na h-àiteachan sin, bha e air a thoirt mar riaghailt chum breth nam breitheamhna a riaghladh. Cha 'n'eil Criosd a' faotainn coire dha anns an t-seadh so, agus cha 'n'eil e 'gabhail air féin an lagh a chur air chùl. Ach rinn na h-Iudhaich e 'na riaghailt dhìoghaltais, air son na coire a b' fhaoine. Smuainich iad gu'n robh iad ceart a thaobh na riaghailt so, a' cheart choire a dheanamh air duine eile a rinn an duine sin orra-san. 'S ann an aghaidh so a tha ar Slànuighear a' labhairt.

"Ge b'e bheir leis air feadh mìle a dh' aindeoin thu." Am focal a tha air eadar-theangachadh an so, *a dh'aindeoin*, is ann am Persia a bha e air a chleachadh an tùs anns an t-seadh so. Bha e ceaduichte do theachdaireau righ Phersia, ni no neach sam bith a thoirt leo a dh'aindeoin, a chum àithne an righ a dheanamh aithnichte ni bu luaithe. 'Sann a thaobh a' chleachduinn so a tha an Slànuighear a' labhairt. Ni's luaithe, a deir esan, na chuireas tu an aghaidh aon a tha ann an ùghdarras thairis ort, imich leis ann an slìth dùblachadh an astair.

43. Tha an àithne so air a cur sìos ann an Lebh. xix. 18; ach bu bheachd mearachdach a bha air a tharruing uaipe leis na h-Iudhaich: gu'm bu chòir dhuinn fuath a thoirt d'ar naimhdibh. Smuainich iadsan nan toirte gràdh do'n dara h-aon gum bu chòir fuath a thoirt do'n aon eile.

44. "Biodh gràdh agaibh do bhur naimhdibh." Tha e eu-comasach gràdh a bhi againn do ghiùlan neach a mhallaicheas sinn, agus a labhras olc mu'r timchioll; a ni eucoir air ar cuirp, no cron d'ar maoin; no bhios a' briseadh lagh Dhé. Ach ged dh'fheudas fuath a bhi againn d'a ghnìomhara, feudaidh gràdh bhi againn da féin; feudaidh truas a bhi againn d'a amaideachd agus d'a dhìomhanas, feudaidh sinn labhairt gu caoimhneil ris, agus iarrtus a bhi againn maith a dheanamh dha an so a bhos, agus maith 'anama chur air 'aghaidh air son an t-saoghail a ta ri teachd, Rom. xii. 17—20. 'Se so lagh a bhuineas gu h-àraidh do'n Chreidimh Chriosduidh, agus theagamh nach 'eil dleasdanas sam bith eile cho duilich do'n duine a choimhid ris. "Geur-leanmhuinn," Faic Caib. v. 10.

45. "Tha esan a' tabhairt air a ghréin féin éirigh air na droch dhaoinibh, agus air na deadh dhaoinibh, agus a' cur uisge air na fìreanaibh agus air na neo-fhìreanaibh." Air a' cheart dòigh, bu chòir d'a phobull a bhi coltach ris-san; a' cheart spiorad a bhi aca, le bhi 'deanamh anns an dòigh cheudna.

47. "Agus ma chuireas sibh fàilte air bhur bràithribh féin." Faic mìneachadh air Luc. x. 4. Ni na daoine is aingidh so; eadhon na cìs-mhaoir féin ni iade. Bu chòir do Chriosduidhean tuilleadh a's so a dheanamh; bu chòir dhoibh a nochdadh gu'n robh spiorad eile aca; bu chòir dhoibh a bhi 'gnàthachadh an *naimhdean* cho maith 's a dheanadh daoine aingidh an *càirdean*.

48. "Bithibh-sa coimhlionta." Tha 'm focal *coimhlionta* a' ciallachadh a bhi iomlan, glan, naomha. Tha e air a ràdh gu'n robh Iob (i. 1) coimhlionta; cha'n ann naomh anns an tomhas 's am bheil Dia, 's e sin a bhi *gu'n pheacadh*—oir an déigh so tha cionta r'a fhaotainn ann, (Iob ix. 20; xlii. 6;) ach bha 'aidmheil a' co-chòrdadh anns gach dòigh: mar phrionnsa, mar athair, mar dhuine, mar fhear a bha 'na chùl-taic do na boehdaibh. Cha'n'eil sinn a mhàin ri bhi toirt gràidh d'ar càirdean agus d'ar coimhearsnaich, ach tha ar creidimh ri bhi air a nochdadh, le bhi 'toirt gràidh d'ar naimhdean. Bithibh coimhlionta; leanaibh eisempleir Dhé; bitheadh bhur n-aidmheil a' co-chòrdadh anns gach ni. So an ni a dh'fheudas gach Chriosduidh a dheanamh; agus 'se an ni a dh'fheumas iad uile a dheanamh.

CAIB VI.—1. "Deirc." Fialachd, no aoidheachd do na bochdaibh. Ni sam bith a bhitheas air a thoirt dhoibh chum frithealadh d'an uireasbhuidh. 'S e nàdur ar creidimh a bhi cuideachadh leosan a tha da rìreadh bochd agus uireasbhuidheach; agus cha bhi fìor Chriosduidh sam bith a' feitheamh gus am faigh e òrdugh. Cha bhi ach an cothrom a dhìth air chum a dheanamh. Faic Gal. ii. 10; Seumas i. 27; Luc. xix. 8. Iadsan nach bi deanamh so o rùn ceart 's e urram agus clìù dhaoine a bhitheas a dhìth orra. Feudaidh iad sin fhaotainn, ach mar dean iad o rùn ceart e, cha'n fhaigh iad duais o Dhia.

3. "Na biodh fios aig do làimh chlì." Bu shean-fhocal so a bha 'ciallachadh ni a dheanamh os ìosal, no air mhodh cho usaigneach 's a bha comasach. Ann a bhi maith do na bochdaibh, tha aobhar misnich ann bu choir

No. 1. PRICE 1s.

A

COMMENTARY

ON THE

NEW TESTAMENT

IN GAELIC,

BEING

A SELECTION OF NOTES TRANSLATED FROM BARNES, SCOTT, AND HENRY.

BY

MALCOLUM MACINTYRE,
OF THE PARISH OF SKIPNESS, AND GAELIC MANSE, PAISLEY.

PAISLEY:—PUBLISHED BY THE AUTHOR;
AND SOLD BY ALL BOOKSELLERS.

WILLIAM WILSON, PRINTER, PAISLEY.